

the *Journal of the American Medical Association* (JAMA) and the *New England Journal of Medicine* (NEJM) are the most widely cited journals in the field of medicine. The *Journal of the American Medical Association* is a weekly journal that publishes research, clinical practice, and medical news. The *New England Journal of Medicine* is a weekly journal that publishes research, clinical practice, and medical news.

The *Journal of the American Medical Association* and the *New England Journal of Medicine* are both highly respected journals in the field of medicine. They are both published by the American Medical Association, which is a professional organization of physicians. The *Journal of the American Medical Association* is published weekly, while the *New England Journal of Medicine* is published weekly.

The *Journal of the American Medical Association* and the *New England Journal of Medicine* are both highly respected journals in the field of medicine. They are both published by the American Medical Association, which is a professional organization of physicians. The *Journal of the American Medical Association* is published weekly, while the *New England Journal of Medicine* is published weekly.

The *Journal of the American Medical Association* and the *New England Journal of Medicine* are both highly respected journals in the field of medicine. They are both published by the American Medical Association, which is a professional organization of physicians. The *Journal of the American Medical Association* is published weekly, while the *New England Journal of Medicine* is published weekly.

The *Journal of the American Medical Association* and the *New England Journal of Medicine* are both highly respected journals in the field of medicine. They are both published by the American Medical Association, which is a professional organization of physicians. The *Journal of the American Medical Association* is published weekly, while the *New England Journal of Medicine* is published weekly.

The *Journal of the American Medical Association* and the *New England Journal of Medicine* are both highly respected journals in the field of medicine. They are both published by the American Medical Association, which is a professional organization of physicians. The *Journal of the American Medical Association* is published weekly, while the *New England Journal of Medicine* is published weekly.

The *Journal of the American Medical Association* and the *New England Journal of Medicine* are both highly respected journals in the field of medicine. They are both published by the American Medical Association, which is a professional organization of physicians. The *Journal of the American Medical Association* is published weekly, while the *New England Journal of Medicine* is published weekly.

The *Journal of the American Medical Association* and the *New England Journal of Medicine* are both highly respected journals in the field of medicine. They are both published by the American Medical Association, which is a professional organization of physicians. The *Journal of the American Medical Association* is published weekly, while the *New England Journal of Medicine* is published weekly.


The *Journal of the American Medical Association* and the *New England Journal of Medicine* are both highly respected journals in the field of medicine. They are both published by the American Medical Association, which is a professional organization of physicians. The *Journal of the American Medical Association* is published weekly, while the *New England Journal of Medicine* is published weekly.

H.M. 306.





MIL NAN DÀN



Agus gabhaibh
clogad
na slàinte.

Iadsan a théid sìos
do'n fhairge air longan ;
Chi iadsan gnìomharan
Iehobhah.

Dhia beannaich ar Rìgh

Cò sgaras sinn o ghràdh Chrìosd? *an dean* trioblaid, no àmhghar, no geur-leanmhuinn, no gorta, no lomhnochduidh, no cunnart, no claidheamh?

Ni h-eadh, ach anns na nithibh sin uile tha sinn a' toirt tuilleadh agus buaidh, trìd-san a ghràdhaich sinn.

Oir tha dearbh-bheachd agam, nach bi bàs, no beatha, no aingil, no uachdaranachda, no cumhachda, no nithe a tha làthair, no nithe a tha ri teachd,

No àirde, no doimhne, no creutar sam bith eile, comasach air sinne a sgaradh o ghràdh Dhé a tha ann an Iosa Crìosd ar Tighearna.

Rom. viii. 35, 37-39

Agus chi iad 'aghaidh; agus bithidh 'ainm-san air clàr an eudain.

Taisb. xxii. 4.

Cogadh mòr na h-Eòrpa

MIL NAN DÀN



Printed by OLIVER AND BOYD, Edinburgh, *for*
The Church of Scotland,
The United Free Church of Scotland, and
The Free Church of Scotland

From the Reformation to the present day Gaelic Religious Poets have wielded wide and helpful influence as teachers and comforters of Gaelic-speaking Highlanders. Of the following selections from their writings, the first four pieces have been transliterated anew from the Fernaig Manuscript. The last four are published in this form for the first time. The rest have been collated from various editions—some of them inaccessible or rare. A few of the longer poems had to be carefully abridged. They are all sent forth now in this booklet—the sixth of the series—with the fervent hope that they may edify and comfort our brave Sailors and Soldiers in His Majesty's Service, for whose use they have been edited and published by a Joint Committee of the Churches.



A sheòldairean agus a shaighdeirean Gàidhealach !

ANN an ainm an Tighearna Iosa Criosd, Prionnsa na sìthe, tha sinn a' cur fàilte oirbh.

Mar chinn-suidhe thrì eaglaisean a tha searmonachadh an t-soisgeil anns a' Ghàidhlig, dh'arradh sinn a dheanamh dearbhta dhuibh gu sheil ùrnuighean ar coimhthionalan a ghnàth a' dol suas as bhur leth. Gu 'n robh Dia 'n a sgiath dhuibh ann an là a' chunnairt, a' tabhairt duibh bighidinn agus neart an làithean feithimh agus aire, buaidh ann an là a' chatha, agus gu 'n abhadh e thuige féin sibh an uair a' bhàis! An org bhur fulangais agus bhur féin-iobradh gu 'n obh sìth le ceartas air a stéidheachadh air an talamh, an ùin gun a bhi fada!

Cha 'n 'eil ceàrna de 'n t-saoghal air nach do hrùidh fuil uasal nan saighdeirean Gàidhealach, anns na làithean a dh'fhalbh, 's iad a' cathachadh as leth rìgh agus dùthcha. Thug sibh dearbhadh gu thràth, anns a' chogadh so, gur mic sibh a tha ridh air cliù bhur sinnsireachd. Tha sinn a' airt buidheachas do Dhia air bhur son. Ma

thig a' ghairm oirbh gu triall as a so, cuiribh bhu-
n-aghaidh air a' bhàs mar dheagh shaighdeirea
Iosa Crìosd; ach ma 's e rùn an Tighearna, sib
a thighinn dachaidh fa-dheòidh gu bhur tìr agu
bhur dàimhean caithibh aimsir bhur beatha ma
dheagh shaighdeirean Iosa Crìosd.

Mar dhuinne is amhluidh dhuibhse, cha 'n 'e
ann ach aon tearmun, eadhon Dia. A mhà-
cuireamaid so 'n 'ur cuimhne:

'S fearr na bhi 'g earbs' á duine beò
Ar dòchas chur an Dia;
'S fearr na bhi 'g earbs' á prionnsaibh mòr
Ar dòchas chur 's an Triath.

Is sinn,
bhur seirbhisich anns an Tighearna Iosa Crìosd.

David Paul, D.D., LL.D.

Ceann-suidhe Eaglais na h-Alba.

Alex. R. MacLennan, D.D.

Ceann-suidhe na h-Eaglais Shaoir Aonaichte.

I. MacDonald.

Ceann-suidhe na h-Eaglais Shaoir.

Clar-innsidh

AUTHOR'S NAME.	TITLE OF PIECE.	PAGE.
Blàr, Dr D. B.	. Dian-iarrtus anma airson Chrìosd	93
Bochanan, Dughall	. An Gaisgeach	25
Carsual, Eoin	. Seachd Saighdean Peacaidh .	7
Clark, Mrs	. Earbsa Ann An Crìosd . .	34
Domhnullach, Dr Iain	An Crìosdaidh Aig Bruaich Iordain	62
Dùghallach, Urr D.	An Sgàthan	76
Gòrdan, Uilleam	. Leómhann Treubh Iudah . .	38
Grannd, Urr Padruig	Eifeachd Fuil An Uain . .	53
Macaoidh, Iain	. An Teàrnadh Mìorbhuileach .	20
M'Cullach	. An Crann Toraidh	9
MacFhionghain, Aongas	. } Am Biobull	105
MacGilleathain, Urr D. . . .	. } Buaidh Ùrnuighean Màthar .	109
MacGilleathain, Urr Donnachadh	. } An Tuil	87
MacGilleathain, Iain	Saighdeirean Chrìosd . . .	57

Clar-innsidh

AUTHOR'S NAME.	TITLE OF PIECE.	PAGE.
M'Griogair, Dr Seumas .	} An Soisgeul	47
Macleòid, Dr Iain .	Ebeneser	81
Macleòid, Mata .	Sòlas	102
Macleòid, Murchadh	Mo Shlànuighear . . .	98
McMhathan, Domhnall .	} Òran An Luchd-Cuairt . .	30
MacNeacail, Calum .	Fàbhar Mhic Dhé . . .	74
MacRath, Domhnall	Ùrnuigh	41
MacRath, Donnchadh	Mulad A' Pheacaidh . .	17
Moireasdan, Iain .	An Ionndruinn	68
Monro, Alasdair .	Dia Uile-ghràsmhor . .	13
Nicneachdain, S. .	Clìù A' Mheangain . .	83
	<i>Dhé, Gleidh An Rìgh</i> . .	111

MIL NAN DÀN

Seachd Saighdean Peacaidh.

A RÉIR EOIN CARSUAL, *Easbuig Earra-ghaidheal, a rugadh mu'n bhliadhna 1520 agus a chaochail anns a' bhliadhna 1572.*

Tha seachd saighdean air mo thì,
Gach saighead dhiubh 'ga mo lot,
Ochòin ! fàth ghearain gach là,
Gu'n gabh iad tàmh 'na mo chorp.

A h-aon diubh an t-saighead shéir,
Bé d'an co-ainm a' chraos ;
Minig a mheall i mi, a' phòit ;
Dhomh-s' ni thàinig fosadh de m'aois.

An dara saighead, gur e sannt
Mairg ! d'an d'rinn e guin,
Cha'n fhaodam sgaradh ri m' ré,
Ach an téid cré air mo mhuin.

An treas saighead, a' ghlaic-chuir,
Diomas tha cur rium gu h-olc ;
Maille ri m'anam a chràdh,
Cha slàn a dh'fhàg sin mo chorp.

Seachd Saighdean Peacaidh

An ceathramh saighead ata
An altaibh mo chnàmh a stigh ;
Cha leig an leisg mi d'a deòin
Air aon slighe chòir sam bith.

An coigeamh saighead, an t-sùil ;
Farmad is tnù ris na chì ;
Na seòid sin d'an d'thugas cion,
Annta sin cha'n fhaigheam brìgh.

An siathamh saighead, gu garg,
An fhearg thig eadar mi is càch ;
Criosd a chasg na h-urchair dhiom,
Is Dia 'ga mo dhìon a ghnàth !

An seachdamh saighead, am fear mòr ;
Mairg ! air am beir tòir nan arm ;
Cha tilg iad air neach nach do bhuail ;
Ni mò bhuail neach nach do mharbh.

Gabham ùrnuigh do Mhac Dhé,
Is creud nan Abstal gu beachd ;
Criosd eadar mi is guin nan arm,
Le cóig salm, sia na seachd !

An Crann Toraidh.

Le M'CULLACH, *Fear na Pàirce, faisg air Inbhir-theofharan, a chaochail roimh 1600.*

Iosa molam an crann toraidh
Tha 'ga fhuran féin gach là
Air gach duine bheir dha onair,
Bhios gu soilleir cinnteach dha.

A chorp le annsachd thug, mar rainseam,
Is a dhìon an anaman leis,
Dh' ifrinn chaidh, chruinnich na slòigh
Bha uile fo leóin, millte treis.

Chreach an t-aithis, d'am b'ion a thréigs',
Do shiol Eubh is Adhaimh air thùs :
Fo bhinn Philait dh'fhuiling pianadh,
'Ga ar dion bho ifrinn a nios.

An treas là dh' éirich, phàigh ar n-éirig ;
Biodh gach treud gu smuainteach tròm ;
Aobhar brosnaidh dhaibh r'a chosnadh,
Bhi 'g osnaidh cuimhneach r'a loinn.

An Crann Toraidh

Air làimh dheis Athar, suas 'na chathair,
Shuidh gu flathail firinneach ;
Thig gu neartmhor nuas thoirt ceartais
Air gach neach gu mìorbhuileach.

Le fuaim trumpaid thig gach aon neach ;
Ni 'm bi aon neach bhuaithe 'san uair ;
Bheir Dia ceart orr' gun easbhuidh
Iad a theachd gu'n oighreachd bhuain.

A threud taght' uile air a làimh dheis cuiridh
An Rìgh d'a fhurain air a shluagh ;
An àird ainglean bidh 'ga leanmhuinn
Gu chathair aoibhnich chaoidh, bhith-bhuan.

Sluagh crosda air a làimh thoisgeil,
Gun fhear leithsgeil, bidh gu truagh ;
Leigear sìos iad an déidh an tréigs',
Gu tigh éitigh, chaoidh, bith-bhuan.

Mar bha'n *glutan* an déidh tuiteam,
'G iarraidh furtachd an ain-tìm,
Bidh na sluaghraidh 'g iarraidh fuaraidh,
'Nuair nach truagh le Dia a dhìol.

An Crann Toraidh

Le nach d'éisdeadh leo na fàidhean,
Lagh no àithnt' 'gan cur an céill,
Ni 'm bi dìonadh ac' no furtachd,
An déidh tuiteam o Mhac Dhé.

An nàmhaid feallsa 'tairgse ar mealladh,
'Gar tarruing thigh gun dìon,
A' feitheamh oirnn mar leómhainn ghlut',
Gach uair a thuiteas sinn 'nan lìon.

Caithris, ùrnuigh agus aithre,
Ar barant bhi an Dia ;
Slighe dhìreach gu ar dìonadh ;
Gu'n Rìgh dhilis, biodh ar triall.

Aoibhinn, aighearach ar gleidheadh,
Suas 'na chathair an là théid sinn,
A fhilthais bunaidh, tha dhuinn uile,
'S an crann toraidh os ar cinn.

Moladh dhaoine le breig dhìrich
Fad bho'n fhirinn, éisdear leinn :
Moladh Iosa, Rìgh na Paise,
Meud a ghràis, tréigidh sinn ;

An Crann Toraidh

- Meud ar peacaidh' ghnàth 'gan cleachdadh ;
'S mòr an easbuidh dhuinn gun sgios ;
'S mò na gràsan, na mar tha sinn,
Bhi gach tràth 'sìor ghuidh Ios'.

Dia Uile-ghràsmhor.

Le ALASDAIR MONRO,* *Fear-teagaisg a bha ann an Srath-Nabhar an Cataibh roimh 1653.*

O Dhé Nèimh! d'an léir freumh
Gach treud sheunt', is dheamhnan,
Bronn dhomh gràs a chum bhi 'g ràdhainn,
Chum 's gu'm fàs mi diadhaidh.

O Rìgh! aidbheann, tha mo pheacaidh'
Sgriobht' air fad 'na t'fhianuis;
D'an taobh is fiù mo chaomh dhùilean,
Claoidh iad fothad 'na t' dhiorras.

Is claon toil m' fheoil', mo bhith, is m' òig,
Saoghal fòs, 's na deamhnan
A' strì gu calma, sìor chlaoidh m' anama,
A chaoidh gu damnadh sìorruidh.

* "When Mr Bruce (the Covenanter) was there (Inverness), among a multitude of converts by his ministry, there was one Alexander Monroe, who was converted by him. He translated much of scripture into Irish (Gaelic) verses, which are very common there yet to this day, under the name of Sandy Monroe's verses, and the boyes get them by heart."—Wodrow's *Analecta*, i. 267.

Dia Uile-ghràsmhor

O Dhia ghràdhaich ! bheir trid do ghràsan,
Le treun làimh, do chaoraich
Bho bheul làidir, bhreugach, Shàtain,
'Sa bheir dhaibh pairt de d' rìoghachd,

Noah 'san àirc dhìon do chàirdeas,
Gus an d' thraogh fearg na dìle,
Agus Ioseph ciallaidh air thoirt bho iarnaibh
Gu sluagh bha aig an daorsa.

Maois mac Amre á caol aibhne,
Le mnaoi allamharr', shaor sibh ;
Nuas bho'n Eiphit ghluais le gliocas
Sluagh a dh' éigh, air shaorsainn.

Thug sibh fàidh an ceann trì làithean
As á mhial ghàbhaidh, saor bhuaithe ;
Fos Rìgh Daibhidh bho Gholaias
An déidh còrr àilghis dhìoghailt.

Sadrach, Mésach, Abednégo,
Do dhealbhan breig' nach isleadh,
Dhìon 'san àmhuinn bha gu gràineil
An triùrs' 'n àireamh t'fhìrean

Dia Uile-ghràsmhor

Thug Susana le cliù ro-mhaith
Bho thnùth fhear a mì-ruin,
Daniel cròdha an crò leómhann
An àrd-Rìgh mhòir, nì'n claidhear.

Thug Manasseh á làimh Assair,
Gu tàmh an tighibh Israel,
Do shliochd àraidh bho bhruid Bhàbeil
Thug Thus' an làithibh Chìruis.

Dion mar so mi, O Rìgh ghlòrmhoir !
Bhrìgh do thròcair aomaidh,
'S nach buail tràghadh air Rìgh a' bhuan-ghràis,
Ach is dual da-s' a lionadh.

O Dhé ! mi teagaisg le fìor chreideamh,
Brìgh 'teanga chinntich ;
Fad-s' an tràth, trid do Mhic ghràidh,
Srad de d' ghràs 'na m' inntinn.

O Rìgh ! dìon mi bho ghnìomh breig',
'S gu'n taghainn treubh nam fìrean ;
Nì Thus' Iosa ! le toil chiataidh
Na cuirp chaomh a shaoradh.

Dia Uile-ghràsmhor

Dean le spionnadh treun do spioraid,
Dhé ! mo philleadh 's m' iompadh ;
Ath-nuadhaich 's ùraich mo chridhe dùbhlaidh,
'S gu'm faighinn sùilean sior dhiadhaidh

Ged tha mi lochdach, O Rìgh shòchraidh' !
Le brìgh t' fhocail dìon mi,
Le treòir Iosa bheir mo ghniomh-sa
Glòir d'an Trì-s as aon Dia.

Mulad A' Pheacaidh.

Le DONNCHADH M'RATH ("Donnchadh nam Pios"), *In' ir-ionaid, a rugadh mu'n bhliadhna 1635 agus a bhàthadh mu'n bhliadhna 1693.*

Ochadoin ! a Rìgh nan gràs,
Amhairc orm-s' 's mi an càs cruaidh ;
Mo pheacaidh' tha air mo chràdh
Mar shac a' bhàis orm chum uaigh.

Meud an t-saic a thàrladh orm,
Dh' fhag sud mi gun cholg, gun bhrìgh ;
Ach bho'n is Tusa Rìgh nam feart
Aotromaich mo shac a rìsd.

Aotromaich mo shac gu luath,
Na leig mi ann an ruathar, dall ;
Oir is tric iad sud 'ga m' leòn,
An t-aibhistear, an fheòl, 's an sannt.

Na peacaidh' a rinn mi leò,
Is aobhar bròin domh iad gun chrìoch ;
Ach ghuidhinn air Rìgh na glòir'
Furtachd is fòir a léth Ios'.

Mulad A' Pheacaidh

Smachdaich an t-aibhistear treun,
Caisg dhiom féin an t-aol-s' a' m' fheòil ;
Sannt breugach iomain gach taobh,
Chuirinn riu cùl ri mo bheò.

Mo chomhfhurtachd gun dol eug,
Anns a phéin 'san d' fhàg iad mi ;
M' èarlaid bhì gach uair
'Sa' ghealladh bhuan sin a thug Ios'.

An gealladh sin a thug mo Rìgh,
Dhoirt fhuil gu fóir air a' chrann ;
Cha chuirear e leis a dhìth
Air gach tì a chreideas ann.

Creideams' ann am Mac mo Dhé,
Slànuighear nan leamh 's nam fann ;
Na tha dh' easbhuidh air mo chreud,
Meudaich féin is cuir 'na cheann.

Meudaich mo chreideamh a ghnàth,
Meudaich gràsan 'na mo chrìdhe ;
Meudaich m' aithre gach aon là ;
Meudaich mo ghràdh os cionn gach nì

Mulad A' Pheacaidh

Meudaich, a Dhé ! mo ghràdh,
Rìgh na fàidh'n ! gràdhaich mi ;
Teasruig-s' mi às gach càs,
Do bhrìgh a' bhàis dh' fhuiling Ios'.

Iosa ! bho'n is Tus' Mac mo Dhé,
Cuidich mi ; na leig mi dhìth ;
Do chuideachadh tha orm mar fheum ;
A Cheann nan treubh na treig-s' mi !

Dòirt orm-s' bho nèamh a nuas,
Le uile luathas, tuilleadh gràis,
Dh'fhagas m' aire gu buan,
Gu mo fhuasgladh às gach càs.

Le do Spiorad dean domh iùl
Gu cathair chùbhraidh nan ceòl ;
Gu'n cuirinn an sin air chùl
M'aobhar tùirs' is m' ochadòin.

An Teàrnadh Mìorbhuileach.

Le IAIN MACAOIDH, *a rugadh am Muthadal an Dùthaich
Mhic Aoidh, mu'n bhliadhna, 1690.*

B'e sud an teàrnadh mìorbhuileach,
Rinn Iosa Mac na h-Oigh',
Air daoineibh nàimhdeil, mi-runach,
Leig 'iomhaigh dhiubh de'n deòin ;
Is ghabh e nàdur fìor-ghlan air,
Gu dioladh anns an fheòil,
Is dh'fhuiling e'm bàs piantachail,
Mar chrìochnuich e o thòs.

Gach aon nì rinn an Slànuighear,
Bu chàirdeas e dheth féin,
Gun neach air bith bhi toilltinneach,
Air òighreachd fo na ghréin ;
Ach comhairle ghlic na Trionaid,
'Sa chrìochnuich i do réir,
Mu'n d'rinn e'n talamh ìochdarach,
No iarmailtean nan speur.

An Teàrnadh Miorbhuileach

Tha gach creutair tàmh 'san t-suidheachadh,
'San d'rinneadh iad air tòs
Ag cur an céill an taingealachd,
A réir an cainnt 'san dòigh ;
Ach an duine meallta so,
'Sann shànntaich e le dheòin,
Nì thilg a mach a Pàrras e,
'S o'n fhàbhar bh'aig an glòir.

Is shuidhicheadh 'n lios Pharrais e,
Gu h-aiteach is gu dìon,
Is rinn e'n tùs ri Adhamh 'n sin,
An cùmhnant àraidh gnìomh ;
Is gheall e beath' is fàbhar dha,
Is flaitheas àrd gun fhiamh,
Mar tarruingeadh bristeadh bàsmhor e,
Gus'mheas a chnàmh le miann.

An sin 'nuair thàinig Sàtan
A dh' fhios na mnà le fòill,
Am broinn na nathrach-nimhneach ud,
'Na *shampuillear* bochd lòm ;
Is chreid iad cainnt a' chealgadair,
Le argumaid gun bhòn ;
Nì tharruing fo phian bhàsmhorach
Iad féin gu bràth, 'san cloinn.

An Teàrnadh Mìorbhuileach

Nach daor an ceannach àilgheas e,
Gu bràth bhi fulang péin,
'San teine bhios gun fhàilligeadh,
'Snach teirig cnàmh na béisd ;
Sin cor nan daoine nàdurach,
A dh' àichean fàbhair Dhé,
Nach faicear am Fear-saoraidh leò-s',
D'a fhocal naomh nach d' ghéill.

'N uair chunnaic 'n Tì ro ghlòrmhor sin,
Mòr thròcaireach do bhi,
A chuimhnich air an t-seorsa ud,
A dh' orduich e roimh thim ;
Rinn e an cùmhnant gràsan riu—
Mòr chliù gu bràth do'n Tì—
Gu'm fuilingeadh Criosd an Slànuighear
Am bàs air son an sìth.

Is iomadh gealladh fìrinneach
Tha'm Biobull cur an céill,
Rinn Dia o dhoimhn' na teòma ud,
Dha mhuinntir dhileas féin,
'Thoirt misneach agus sòlas dhaibh,
Is còmhnadh ri àm féum
'Nuair thigeadh drachdan 'n nàmhaid orr',
No neart o'n nàdur féin.

An Teàrnadh Mìorbhuileach

Gheall e'n cridhe feòla dhaibh,
Gu leòn a' chridhe chruaidh,
'San cionta 'bha dearg mar sgàrlaid,
Gu'n deant' iad bàn mar chlàimh,
'S gu'm maitht' am peac' ro ghràineil-san,
Le feartan bàis an Uain,
Ged bu lionmhoire ri 'n àireamh iad,
Na gaineamh bhàn a' chuain.

Bidh e 'na Dhia 'sna nearta
Do gach neach tha 'g iarraidh ghnuis,
'San t-àm a bhuaileas éiginn iad,
Bidh es' ac' air an cùl;
Gheall e an t-uisge fìor-ghlan dhaibh,
'S nach ìotadh iad ni 's mò,
Is mil is bainne dh' àraicheadh,
Le sloinneadh gràis as ùr.

Is beannaicht anns an t-saoghal iad,
Na daoine dha'n thug e'n ciall,
Le fhocal naomh 's le òrduighean
'Chaomh thròcair tha 'gan dìon;
An tìm am beath' bidh sòlas ac',
'S iad feitheamh fòs ri triall,
A dh'ionnsuidh 'n ionaid ghlòrmhor sin,
'Sa bheil ceòl gun chrìoch.

An Teàrnadh Mìorbhuileach

Is mairg na daoine mì-runach,
Rinn iomhaigh dhe na bhrèig,
Is nach creid anns an Tì naomh ud,
'Bheir libhrigeadh o phéin ;
'Sa liuthad 'sa bheir an saoghal daibh
De shaorsainn ann am feum,
'N uair thig an teachdair uamhasach,
Gu'n toirt gu uaigh is eug.

Na'n creideadh luchd na h-eucoireachd
Gur h-éiginn daibh dol bàs,
Is cunntas a thoirt an déidh so,
Gu grùnnd am féich gun dàil ;
Gach aon nì riamh a ghnìomhaich iad,
Ged bu dìomhair e o chàch,
Gu'm bi iad air an soillseachadh,
'Sa chroinneadh leò gu bràth.

Tha'n 'Tighearn treun ro fhàbharach,
Réir fhaidhead'reachd o thòs,
A cheil na nithean dìomhair ud
Air daoine crionna seòlt ;
Rinn aithnicht' iad do chìochranaibh,
Gun fhìachan air ach deòin,
Mor chliù do'ainm ro ghràs-mhor-san,
Dha'm buin gu bràth a' ghlòir.

An Gaisgeach.

Le DUGHALL BOCHANAN, *a rugadh 'sa' bhliadhna 1716*
agus a chaochail 'sa' bhliadhna, 1768.

Cha bu ghaisgeach Alasdair mòr,
No Caesar thug an Ròimh gu géill ;
Oir ged a thug iad buaidh air càch,
Dh' fhan iad 'nan traill' d'a miannaibh féin

Cha ghaig' an ni bhi liodairt dhaoin',
'S cha chliù bhi ann an caonnaig tric ;
Cha 'n uaisle inntinn àrdan borb,
'S cha treubhantas bhi garg gun iochd.

Ach 's gaisgeach esan a bheir buaidh
Air eagal beatha, 's uamhunn bàis,
'Sa chòmh'laicheas le misnich crì',
Na h-uile ni ata dha 'n dàn.

An Gaisgeach

Le gealtachd ciont, cha teich air cùl

'S an àm an dùisg a chogais féin,

A' tagradh éisdidh e gu ciùin.

'S an ceartas dùinidh e a beul.

'S e 'n gaisgeach esan bheir fo chis,

A thoil chum strìochd' do reusan ceart,

'S a smuaintean ceannairceach gu léir,

Bhi 'n òrdugh géilleachdainn d'a smachd

A mhianna brùideil saltraidh sìos,

'S mar bhuill a chuirp fo chis ataid,

'S cha'n irioslich e féin da'n riar,

O nach gu riaghladh rugadh iad.

'San oidhch' 'n uair laigheas e chum suain,

Bidh shubhailcean mu'n cuairt d'a féin

Mar shaighdearan mu thimchioll rìgh,

'Ga dhìdean o gach nàmhaid treun.

'Sa' mhadainn 'n uair a dh'éireas suas,

Cruinnichidh smuaintean as gach àit',

'S e féin 'nan ceann mar chauptin seòlt',

'Gan suidheachadh an òrdugh blàir.

An Gaisgeach

Chum cogaidh 'n aghaidh miann na feòl,
Gach bochdainn, 's dòruinn ta san t-saogh'l
Gach ribe is gach innleachd bàis,
Ta 'n deamhan gnàthach' 'n aghaidh dhaoin'

'Tha inntinn daingeann mar a' chreag,
Cha charaich eagal e no fiamh :
'Tha shùilean furachair is geur,
Is léir dha 'n dubhan crom troi 'n bhiadh.

Gu diomhain nochdaidh 'n saogh'l a ghlòir,
Gach òr is inbhe ata ann ;
Ta saoibhreas aig' cho pailt 'na chrì',
'S gur truagh leis rìgh is crùn mu cheann.

Is ge do sgaoil an strìopach lìon,
Gu ghlàc' le innleachdaibh a mais',
Cha drùidh air dealanach a sùl,
'S cha leagh i 'rùn le 'miannaibh laist'

A nàmh cha choisinn air gu bràth,
Ged fhaigh e sàrachadh ri h-uair ;
'S e 'neart 's a shlàinte cridhe brùit',
Is air a ghlùinibh bheir e buaidh.

An Gaisgeach

'S i 'n fhìrinn ghlan as clogaid dà,
Is gràs a' chreideamh aig' mar sgiath ;
'S e'n sgriobtur naomh a chlaidheamh geur,
'S a mhisneach ta gu léir an Dia.

Tha sìothchaint aig' 'na inntinn féin,
'S a chogais réidh ris anns gach nì ;
Ta saoibhreas aig' nach léir do dhaoi',
Is air nach cuir an saoghal crìoch.

Ri miodal tlà cha 'n éisd a chluas,
Is sgainneal ghrann'd cha bhuair a shìth,
Cha ghabh e eagal á droch-sgeul,
Is tuaileas bréig' cha lot a chrì.

O m' anam ! dùisg is deasaich t' airm,
'S gabh fàrmad ris a' ghaisgeach threun,
Is t' anamianna cuir fo chis,
Chum riogh'chd a cheannsach' annad féin

Biodh t' inntinn ard os cionn nan speur,
Cha 'n 'eil fo 'n ghréin ach pòrsan truagh ;
Mar tholman ùire faic an saogh'l,
Is daoine' mar sheangain air mu'n cuairt :

An Gaisgeach

A null 'sa nall gun fhois gun tàmh
A' cruinneach' as gach àit d'an cist,
Gu lionmhor marcachd thar a chéil',
'S a' trod gu geur mu bhioran brist'.

'N uair chì thu 'n sealladh so de'n t-sluagh,
Do smuainte cruinnich riut gu léir,
A shealbhach' saoibhreis, sonais, 's sìth,
Air nach tig crìoch ad anam féin.

Òran an Luchd-cuairt.

Le DOMHNALL M'MHATHAN, a rugadh ann an Cill-Donnain
an Cataibh 'sa' bhliadhna 1719 agus a chaochail 'sa'
bhliadhna, 1782.

Och a ghaoil ! bi air mo stiùir,
'S gur h-ìomadh sùil tha 'g amharc orm ;
'S freumh an uile nach deach' a bhuain,
Mar eunlaith luath a' cruinneachadh.

'Nuair a dh'eireas iadsan suas,
Biodh do làmh-s' gu luath 'san eadairginn,
'S biodh do naomhachd gabhail buaidh
Measg an t-sluaigh gu maireannach.

Far 'n do thog thu clach is ùir,
Cha dùthchas leat bhi dealachdainn,
'S air cho olc 's gu'm bi do chlànn,
Tionndaidhidh Tu dhachaidh iad.

Òran an Luchd-cuairt

'Nuair a bhios an ràidean càim,
Cha chaomhain Thu an ceasnachadh,
'Nuair a bhios an cridhe teann,
Labhraidh Tu ri'm faireachdainn.

Ach, O! gabh truas ri talamh bàn,
Tha fathast slàn gun charachadh,
Is cuir-sa siol air bhàrr nam beann,
Oir gheall Thu ann ad fhocal e.

'S air cho olc 's gu'm bi an grùnnd,
Bidh sguaban tròm tigh'nn dachaidh dheth,
'Nuair bheir an aimsir toradh tròm,
Gun duille chàll no dhealachdainn.

'S tu mo ghaol, is Tu mo ghràdh,
Na'n t-òr as feàrr r'a fhaighinn Thu;
Nach bi air do thionnd' gu cràdh,
'S nach urr' am bàs do dhealachadh.

O! nach fhuiling sibh dhomh a ràdh,
Gu'm b'àluinn peighinn sporain dheth?
Ach 's ann a tha mo thruas gu bràth
Ris an dream nach d' fhairich e.

Òran an Luchd-cuairt

Ach cha 'n 'eil leigheas air an càs,
As fheàrr na bhì feitheamh ris ;
Oir iad-s' a leanas chum na crìch'
Bidh an sìth-san maireannach.

Deasaichidh E 'n crùn air an ceann,
'Se so mo chlann 's cha'n eagal daibh ;
Ach 's e tha 'n diugh 'na aobhar bròin
An lughad beò is faireachdainn ;

'S cha'n eil neach an staid nan gràs,
Nach 'eil a' cràdh a ghearan so ;
O ! nach b' fhios dhomh c'àit' bheil smùid,
'Sa' chuile bhrùit' ri faireachdainn.

Gus am pàirtichinn mo ghaol,
'S gu'n cleachdainn saorsa m' fhaireachdainn ;
'S gu'm faigheamaid beatha nan naomh,
'S gu'n tigeadh sinn gu 'faireachadh-s'.

'San t-àm an tigeadh a' chrìoch,
Gu'm biodh i 'na beannachd dhuinn ;
'S gheibheadh sinne ar *disears*
O chorp a bhàis 'san dealachadh.

Òran an Luchd-cuairt

'S gu'm b'e sud an t-aobhar ciùil
Ri làithibh ceò mar th' againn so,
Bhi dol a stigh do thir Chanàain
A ghabhail làn gun dealachadh,

Am fearann sin nach téid an daors',
Is air nach caochail maighistir ;
'S gach neach a thàireas a dhol ann,
A chaidh cha'n fhaicear ainneis orr' ;

Ach bidh aca-san ri ràdh,
Gur bochd a bha sinn roimhe so ;
O ! am feud sud bhi gun ghaol
Do'n Trianaid uile-chumhachdaich,

'S do'n Fhear-shaoraidh 's mòdha glòir,
A bha 'san fheoil gu fulang ann,
'S do athair nan uile ghràs,
A rinn an t-slàint' so ullachadh ?

Earbsa ann an Criosd.

Le BEAN TORRA DHAMH (Mrs CLARK), *a rugadh ann am Baideanach mu'n bhliadhna 1720 agus a chaochail mu'n bhliadhna 1810.*

M' anam, imich thusa sàmhach,
Fo gach àmhghar agus leatrom ;
'S e do thruailleachd a thaobh nàduir,
Aobhar d' ànraidh, mar mìo bheachd-sa.

Greas is amhairc cia mar tha thu ;
Seall le nàire ri do chleachdadh ;
'S faic an sac tha air do ghuailean,
Le do ghluasad bhi gun fhaicill.

Bho 'n a rugadh ann ad thràill thu,
Thaobh do phàirte 's a' cheud seachran ;
Iomchair foighidneach gach dòruinn,
'S biodh do bhròn air son do pheacadh.

Earbsa ann an Criosd

Tha do thoil an déidh a truailleadh,
Rag r'a gluasad chum do leas-sa ;
Dh' easbhuidh cumhachd a bheir buaidh oirr',
Gheibh thu 'm bàs as duais do 'n pheacadh.

Seall a nise ciod a nì thu,
'S teich le dichìoll dh' ionnsuidh taice ;
Fàg do chudthrom air do Ràthan—
Tha E ghnàth cho maith ri fhocal.

Thig le irioslachd is dòchas
Dh' iarraidh còmhnaidh o 'n Aon bheartach ;
Creid air tùs gu bheil e maoineach,
'S iarr do dhaonnachd réir a' phailteis.

Thig le d' dhoille, ciont, is daorsa,
Fàg 'na aonar airsan 'n leatrom,
Dh' iarraidh teagaisg, riaghlaidh, 's saoraidh—
Tha iad annsan ri 'n toirt seachad.

Seall le muinighin an àirde
Chum nam beann d'a bheil do thaitneachd ;
'N uair is trioblaidich' a' chual duit
Amhaire suas ri Triath nam feartan.

Earbsa ann an Criosd

Càirich t' eallach air a ghuaillan,
Oir 's ann uaithe thig do neart-sa ;
'S ged nach beachdaich thus' a ghluasad,
Creid gu luath gu bheil E faisg ort.

Feith gu foighidneach ri thìm-san,
'S imich dìreach réir a reachda ;
Ruith do réis le faire 's dìchioll—
'S ann le strì a nì thu streapadh.

'N uair bhios fiaradh ann ad chrannchur,
Creid gu 'n tionndaidh e gu d' thaitneachd ;
Bheir seillein maith o lusan searbha
Mil bhios tarbhach, brioghmhor, blasda.

Ged bhiodh am Freasdal dhuit air uairibh,
Tuille 's cruaidh a réir do bheachd-sa,
Tuig gur gliocas thug mu 'n cuairt e,
'S gheibh thu beannachd as am pailteas.

Bi thusa furachar mu 'àitheantan ;
Bho staid nàduir teich 'na thaic-sa ;
'S glac a ghealladh làn de shìochaint,
Ann an Criosd a dhìol a' cheartas.

Earbsa ann an Crìosd

Air do thurus do Chanàain,
Ged robh am fàsach làn do chroiscan ;
'S iomadh bruthadh air do shàiltean,
Lean-sa ghnàth ri lorg a' Ghaisgich.

Thug E buaidh os cionn do nàimhdean ;
'S bheir E gràs an àm na h-airce ;
Ruith d' a ionnsuidh le féin-àicheadh,
'S dearbh nach fàilnich do Chùl-taice.

Leómhann Treubh Iudah.

Le UILLEAM GÒRDAN, *saighdear ann an reisimeid*
Ghaidhealach Mhic Aoidh, 1798.

'Se leómhann treubh Iudah
A choisinn a' bhuaidh,
Thug an gath as a' bhàs,
'Sa cumhachd bho'n uaigh ;
Is ghabh e an leabhar
Á deas làimhe an Athar,
Am meadhon na cathrach,
Ag eadar-ghuidhe gach uair.

Mòr mholadh is cliù dha,
Gu robh aig gach ùine
Air a thoirt do an Uan ;
'Se rinn sinn a cheannach,
'Sa shaor sinn bho'n mhallachd
Le' fhuil tha ro phrìseil,
Is fuil bheannaicht' nam buadh.

Leómhann Treubh Iudah

Sud m' iarrtus is m' ùrnuigh,
Ata riutsa gach uair,
Gu'm bi mi 'san àireamh,
Bhios a' seasamh leat shuas
Air mulach beinn Shioin ;
Gu d' leantuinn le dìchioll,
Gleidh thus' ann an sìth mi,
Is a chaidh na bi bhuam.

Dean mis' thoirt le còire
Gu féill pòsaidh an Uain ;
Thoir sealbh dhomh air còta,
Agus teisteanas bhuaidh' ;
Is an uair thig am bàs,
Cha dìbir mi do ghràs,
Is dean féin le do ghàird'
Mise thogail a suas.

O Thighearna mo Dhia !
Tog-sa féin dhìom do ghruaim ;
Na fag mi 'sa' pheacadh,
Ag imeachd gu truagh ;
Cuir-sa plàsda fa leth,
Dhe craoibh na beatha,
Air gach leòn rinn peacadh
Air m' anam bochd truagh

Leómhann Treubh Iudah

Cum mis' ann do sheirbhis,
Le earbsa gach uair ;
'Sgriobh-sa ann am aghaidh
Ainm Athar nam buadh ;
Na leig dhomh bhi claonadh,
Bho fhocal na firinn,
Ach lìon le do ghaol mi,
Aon phrìseil nam buadh !

Ùrnuigh.

Le DOMHNALL MACRATH PHÈITIDH, *a rugadh 'sa' bhliadhna 1756 agus a chaochail 'sa' bhliadhna 1837.*

Uile-bhith-bhuain, naomh, ghlòrmhor,
Uile-chuimhneachail, bheachdail;
Uile-fhiosraich air còmhradh,
Agus gnìomh'ran gach peacach;
Cia mar thig mi a'd' làthair
A chum do ghràsan a thagair;
'S a bhi le'm' ghiùlan cur tàir'
Air gealladh, dàil, agus bagair?

O! teagaisg dhomh-sa do shligh'
Ann mo chridhe 's a' m' ghiùlan;
'S thoir orm-sa gu'n tuig mi,
Ciod e sin a bhi 'g ùrnuigh;
Tha agam inntinn ro bhuaireant',
Le uainneart is ùspairn;
'S an àm dhomh-sa bhi tagair,
Tha is' a' glacadh a dùthchais.

Ùrnuigh

O! mill air a h-àilgheas,
 'S dean a h-àrdan a mhùchadh;
Cha'n'eil i umhail 's cha'n àill leath',
 Ach a ghnàth 'gad' dhiùltadh;
Mhill i cothrom is dàil orm,
 'S mi gun nàire 'ga chùinntadh;
Cha thàir mi teicheadh o 'ràidibh,
 Ged tha 'm bàs air gach taobh dhi.

Nach tusa cuspair an taitneis,
 Bha roimh bheachd na chaidh dhùsgadh;
'Sa chunnaic cinnteach le'n rosgaibh,
 Bhi 'nam peacaich 's 'nam mùirich;
Àrd-cheannard a' phailteis,
 'S nach d'rinn tarhuis air brùiteachd;
'Sa thug slàinte gun airceas,
 A réir an acain 's an ciùrraidh?

Dean mi tuigseach is ciallach,
 'S thoir m'iarrtuis gu cùram;
'S cuir mi 'n òrdugh gu seasmhach
 Ann an dleas'nas na h-ùrnuigh;
Cuir m' eucoir 's mo reasgachd
 Fad as o do shùilibh;
'S cuir rioghachd nèimh ann am pailteas
 Anns gach tasgaidh a' m' chùirtibh.

Ùrnuigh

Thoir dhi ùghdarras làidir

Air gach pàirt dhe mo ghiùlan ;

Agus gabhas i càirdeach

Ris na's àill leat, le ùmhlachd ;

Ma 's a milis no sàruicht',

Tha ise làthair an t-aon rud ;

'S bheir i orm-sa nach tàir mi

Bhi a' m' ràidibh cho diùmbach.

O ! 's beannaicht' gach pàirt dhi,

Dean mi càilear dha h-ionnsuidh ;

'S ged nach fhiù mise t' fhàbhair,

Na leig gu bràth dhomh a diùltadh ;

Tha i mùirneach mu'n àithne,

'S bidh tu làthair 'na h-ionndrainn ;

'Sa dh' aindeoin air nàdur,

Bheir i àirde de rùm dhuit.

O ! cumhachd a' Ghaisgich,

Gu'n dean taic air gach taobh dhomh ;

'S gu'n toir mi saor as na glacan-s',

Chum astar a' chùraim ;

Gu'n dean mo bhuachailleachd barraicht'

Air gach bealach 's an siùbhlam,

Mus toir mi ciùrradh a dh' anail,

A tha 'na leanabh 'sa chùmhnannt.

Ùrnuigh

O! an dàimh a tha beannaicht',
Gu'n tig a' m' charamh le ùghd'ras ;
Is gu'm fosgail dhomh an dorus,
Gus am faic mi caraid nam mùireach ;
Am fear nach sòradh ri glanadh,
'S a rinn an ceannach le ciùrradh ;
Gus an deanadh E m' fholach
Ri mo mhaireann o dhù-lochd.

O! beannaich an ràit'-sa,
'S dean gu h-àraidh i ùrail ;
'S thoir air gach neach a nì h-aithris,
Gu'm faic iad solus as ùr innt' ;
Cuir innt' an sabhar tha beannaicht',
Agus salann a' chùraim ;
'S dean a lionadh am pailteas
Le feartaibh an dùsgaidh.

'N Duine rinneadh 'na fhasgadh
Do bhacaich 's do mhùirich ;
Gu'n dean ùghdarras t' fhocail
Dhomh E taiceil is ùrail ;
Biodh gleidheadh do fhreasdail
Orm o'n cleachdaidhean lùbach ;
'S dean m' fholach a'd' fhasgadh
O thaitneas droch dhùrachd.

Ùrnuigh

Ard-cheannas na sìorruidheachd,
Ge b'e rian th' air mo chùis-sa ;
Rinn E mòran de'n iarmad
A ghabh freumhag de chùram ;
'S iad gun bhonn aca dhioladh,
Dhe na fiachan a bhrùth iad ;
An sin mhaith E na ceudan
Do na dh'iarr e le dùrachd.

Bidh mi dùineadh na ràit'-sa,
O ! pàirtich rium cùram ;
Is biodh urram ro bhàigheil
Dhuit a' tàmh ann mo lùchairt ;
Biodh do mhòrachd gu h-àraidh,
'Gam' thàladh gu ùmhlachd ;
'S àrd-onoir dhuit àraich
Anns gach pàirt dhe mo ghiùlan.

An t-Àrd-usal ro chàirdeach,
A ghabh gu h-àraidh 'na chùram,
Gu'n ceannaicheadh E slàinte
Do thraillibh neo-fhiùghail ;
'S 'nuair nach urrainn daibh àireamh
Na rinn E dh' fhàbhair d' an taobh-sa ;
Biodh a bhith-bhuantachd ghràsmhor
A' sior àrdachadh cliù dha.

Ùrnuigh

O ! dean na briathran so soilleir,
Agus milis is ùrail
Do gach firionn is boirionn,
A dh' iarras comunn a' chumhnaint ;
Dean an dion anns gach baile
O gach alladh is ciùrradh ;
'S biodh Amen 'na ghlas orr',
Focal cian a' cho'dhùnaidh.

An Soisgeul.

Leis an Urr Dr SEUMAS M'GRIOGAIR, a rugadh ann an
Storrachd Pheairt 'sa' bhliadhna, 1759, agus a chaochail
an Nova Scotia 'sa' bhliadhna 1830.

'Se 'n soisgeul gràdhach 'thug Dia nan Gràs
dhuinn,

A chum ar sàbhaladh, dàn mo rùin ;

Ach 's eòlas àrd e, air cùisean àlainn,

Nach tuig an nàdur a tha gun iùl.

Gur mis' an truaghan, 's gu leòir mu'n cuairt domh,

'Toirt éisdeachd cluais' da, mar fhuaim nach
fhiach ;

B'e 'n gnothach cruaidh e nach tuig an sluagh e,

An sgèul as uaisle a chualas riamh.

B'e sgèul an àigh e, air beatha 's slàinte,

Bho Ios' a bhàsaich 'na ghràdh do dhaoin' ;

'S i fhuil am plàsd anns a bheil an tàbhachd,

'N uair théid a chàradh gu bàigheil, caoin,

Ri cridhe leòinte, gun ghean, gun sòlas,

Ach duilich, brònach, gun seòl air sìth,

Le Spiorad uasal nam feartan buadhmhor,

'N uair thig e nuas air le gluasad mìn.

An Soisgeul

Sud sgeul ro aoibhneach, air maoin is oighreachd,
Do dhuine daibhir, gun sgoinn do'n t-saogh'l ;
Air crùn, is rìoghachd a chaidh nach crìochnaich,
Gun dragh, gun mhìothlachd, ach sìth, is gaol ;
Sud sgeul ro àraidh do dhuine tàireil,
Air urram àrd ann am Parras shuas,
Le gràdh gun aimhleas, am measg nan aingeal ;
'S cha teirig cainnt daibh toirt taing do'n Uan ;

Deagh sgeul air fuasgladh, do pheacach truailidh,
Bho chionta duaichnidh nach suail a mheud ;
Tre 'n chumhachd bhrioghmhor a tha an ìobairt
An t-Sagairt Rìoghail tha sìobhalt', sèimh ;
'S air feartan gràsmhor, nì cobhair tràth dha,
'N uair bhios a nàmhaid gu làidir, gléusd',
A' tarruing teann air chum 'earbs' a thionndadh
Tur bun os cionn da, le ionnsaidh thréin ;

Air gràs is tròcair bheir neart is treòir dha,
Rè fad an ròid dh' ionnsaidh glòir an Uain ;
'S na nèamhan àrd' far a bheil an gràdh dhaibh
'S cha teirig càil daibh gu bràth 'ga luaidh
'S cliù an sgeul ud, gur firinn mhòr e,
Gun fhocal mòr-uail, no sgleò gun bhrìgh ;
'S e Criosd an éirig as buaine éifeachd,
An ìobairt-réitich, sàr stéidh na sìth.

An Soisgeul

Thug Dia an t-Ard-Rìgh Aon Mhac a ghràidh
dhuinn,

A ghabh ar nàdur, 'se bhàrr a rian ;
'S an d'thug e ùmhlachd, le deòin 's le dùrachd,
Thug còir as ùr dhuinn teachd dlùth do Dhia ;
Sàr ùmhlachd chiatach do lagh na Trianaid,
Leis an Duin' as Dia ann bha riamh ri feum ;
An coslas truaghain de dhuine truailidh,
Ach a b'fheàrr 's a b' uaisle na'n sluagh gu léir ;

An caraid gaolach a choisinn saorsa
Do'n chinne-daonna le caonnaig chruaidh !
A dh' fhuiling tàmailt o'n rug a mhàth'r e,
Gu là a bhàis ann an àit' an t-sluaigh.
'N uair bu naoidhean òg e, rinn Herod fhògradh,
'Se dearcadh 'n còmhnuidh air dòigh an t-sluaigh,
Bha 'bheatha brònach am fad 's bu bheò e,
'Se cruaidh an tòir air gu bheò thoirt bhuaith.

Is air a lorg bha na diabhail borba,
Fo Phrionns' an Dorchadais, colgail, cruaidh ;
Ach 's e bu chràitich an ceartas àrd
Bhi cur claidhimh 'n sàs ann, gun bhàigh, gun truas ;
Rug mallachd Dhé air airson nam fiachan,
Bhuin 'Athair fial ris gu fiadhta, garg ;
Oir rinn e thréigsinn an àm na h-éiginn,
'N uair chaidh a cheusadh le h-eucoir gharbh

An Soisgeul

Ach 's gearr a' chuairt a bha 'm bàs an uachdar,
Gu h-aithghearr fhuair e a' bhuaidh gu slàn ;
Oir rinn e éirigh 'n treas là an déidh sud,
Gu subhach, treubhach, chum feum do chàch ;
Do pheacaich dhìblidh a bha fo dhìteadh,
Gun dèanadh fhìreantachd didean daibh
Bho chiont' an nàduir, 's o'n lochdan gràineil,
'S o chumhachd Shàtain bha ghnàth ri fòill.

Nis anns na h-àrdaibh, tha neart gu bràth aig'
A chum na's àill leis thoirt sàbhailt suas ;
Is chum a nàimhdean a sgrìos gun taing dhaibh,
Droch dhaoin' is ainglean, luchd-ainneart chruaidh.
Ach thar gach seòrsa, na peacaich mhòra
Le'm fuathach eòlas air deòin an Triath,
Nach creid an fhìrinn, ged tha e cinnteach,
Nach gluais gu dìreach, ach sìor dhol fiar.

Ged bhiodh an Criosdaidh 'na laigh 'm prìosan,
Gu docrach, ìotmhor, gun bhiadh, gun slàint',
Ni 'n soisgeul sìorruidh, tre bheannachd Iosa,
A chridhe tìorail, le fìor-ghean gràidh.
Ged dhùisg a' nàmhaid geur-leanmhuinn chràiteach
Gun aon chion-fàth air ach gràdh is sìth ;
Tha chridhe aoibhneach, tha 'ghnùis ro aoidheil ;
Tha dàn is laoidh aig', gach oidhch' gun dìth.

An Soisgeul

E cumail gleachdaidh an aghaidh peacaidh,
'S a' stiùradh chleachdaidh, le beachd air Crìosd ;
Tha gaol do'n reachd thar gach nì is neach aig',
'S cha ghabh e tlachd ann an seachran fiar.
'Se Dia na tròcair a neart 's a chòmhnaidh,
A bhios an còmhuidh toirt seòlaidh dha ;
Cha lag a dhòchas, cha bheag a shòlas,
Tha aiteas mòr aig' nach eòl do chàch.

A Thìghearn Iosa, gabh truas do'n Chrìosdaidh !
Tha'n t-eòlas ìosal gach crìch mu'n cuairt ;
Is bras a dh' éireas gach mearachd éitidh,
'S is beag an t-eud th' aig a' chléir 'san uair.
Dean creideamh 's eòlas, dean gaol na còrach,
Is pailteas sòlais, a dhòrta nuas ;
Gu daoine a philltinn' o'n cleachdaidh millteach,
'S gu naomhachd-inntinn bhi cinntinn suas.

Cuir gaol na sìochaint am measg nan rìghrean ;
Is tric ri strì iad mu nì ro fhaoine ;
A' tionail armailt, 's cinn-fheadhna falbh leò,
A ghlacadh talmhainn, 'sa mharbhadh dhaoine ;
Daoine nach d' thug fuath dhaibh, 's le 'm b' aill
bhi suaice'.

Ach chaidh sparradh 'n tuasaid le'n uachdrain
fhéin ;

An Soisgeul

Mo thruaigh' nach b' fheàrr do na h-uachdrain àrd
ud
Bhi beò mar bhràithrean, an gràdh d'a chéil?

A Dhé na sìochaint, craobh-sgaoil an fhìrinn,
Measg slògh nan tìrean 's nan innsean cian ;
Mar dhaoin' air chall ann an ceò nam beann iad,
An oidhche teann orr' 's iad fann gun bhiadh ;
Thoir solus glè ghlan, thoir rathad réidh dhaibh,
Is cridhe gleusd' a thoirt géill do'n Uan ;
Thoir sgeul do shlàinte, thoir fios do ghràidh
dhaibh,
Cuir feart do ghràsan 'nan dàil le buaidh.

Éifeachd Fuil An Uain.

Leis an Urr PADRUIG GRANND, *a rugaolh 'sa' bhliadhna,*
1783, agus *a chaochail 'sa' bhliadhna,* 1867.

O! 'sann tha 'n éifeachd am fuil an Uain,
Chum ar n-éu-ceartan ghlanadh uainn!
Ach 's bochd an sgeul a tha nis ri leughadh,
Nach 'eil spèis dhi a' réir a luach.

Tha daoine gòrach air sheòl no dhà,
Nach àill leo an dòchas a chur 'na bhàs;
Théid iad a dhìth le bhi dhìobhail eòlais,
Air 'n fhuil chaidh dhòrtadh a chum air slàint'.

'S an dream thug spéis da, cha dean iad uail,
Bho'n 's e chaidh cheusadh an àit' a shluaigh;
Cha 'n ann diubh féin a fhuair iad an réite,
Ach leis an éifeachd bha 'm fuil an Uain.

Éifeachd Fuil An Uain

'S e fhéin do'n éiginn an cumail suas,
'Nuair thig deuchainnean iomadh uair ;
Tha mheud de thruailleachd ag iadh mu'n cuairt
daibh,
'S nach fhaigh iad buaidh ach le fuil an Uain.

Tha daoine saoghalt' an gaol gach uair,
'S ann air na caoraich, a thaobh o'n Uan ;
'S tha 'n leòmhann beuchdach a ghnàth a
saoithreach',
Dh' fheuch co dh'fhaodas e shlugadh suas.

O ! fanaibh dlùth chum 's nach toir e buaidh,
Na tugaibh géill dha is théid e uaibh ;
'S a shaighdean teinnteach nì sibh a mhùchadh,
Bho 'n rinn sibh cùmhnant le fuil an Uain.

O ! bithibh làidir fo armachd Dhé,
Le creideamh shlàinntail mar 'ur sgèith ;
'S nuair bhios an nàmhaid ag iarraidh fàth oirbh,
Le cainnt an t-Slànuighear duinibh bheul.

'N uair bhis e feòraich a bheil sibh sgìth,
Innsibh dhà gu'n do bhàsaich Criosd ;
'S gu bheil gu leòir ann, 'na fhuil chaidh dhòrtadh,
'S gu bi bhur dòchas ann thun na crìch.

Éifeachd Fuil An Uain

'N sin thig e 'n càirdeas, is their e fhéin,
Gur sibhs' an àireamh tha 'm fàbhar Dhé,
'S ged a ghluaisedh sibh nis mar's àill leibh,
Gu bi sibh tèaruinte feadh gach ré.

Ach innsibh dhà gur iad càirdean Dé,
Aig a bheil aith'nta, 'sa ni d'an réir ;
An dream nach àicheadh an làth'r an t-sluaigh e,
'S a leanas an t-Uan ge b'e taobh a théid.

'S e cuilbheart Shàtain bhi làidir, treun,
Tha fàgail càirdean gun ghràdh d'a chéil' ;
Feuchaidh e fàillinnean daibh 's na bràithrean,
Dh'fheuchainn an tàr e an cur o chéil' !

O ! 's ann tha 'm feum air bhi caithris buan,
'S a ghnàth bhi 'g éigheach ri Rìgh nan Sluagh
Oir cha'n 'eil nì chumas dùint' ri chéil' iad,
Mur dean an éifeachd tha 'm fuil an Uain.

Ach trid an Tì thug an t-sìth mu'n cuairt,
Cha'n 'eil nì anns nach fhaigh iad buaidh ;
Cò a dhìteas no leigeas sìos iad
'S fear-coimhid Israel 'gan cumail suas !

Éifeachd Fuil An Uain

Air feadh na fàsaich 's e fhéin an cùl,
Oir tha iad dhà mar tha clach a shùl,
'S tha ghealladh gràsmhor nach dean e 'm fàgail,
'Nuair thig am bàs gu 'n toirt thun na h-ùir'.

Trid gleann a bhàis bidh e ghnàth 'nan còir,
Gus an sàbhalair iad fa-dheòidh ;
'S am bi iad teàruinte o gach nàmhaid,
Anns a' Chanàan tha làn de ghlòir.

'S 'nuair bhios iad thall o na h-uile truaigh',
'S a' cur an céill co thug dhaibh a' bhuaidh,
Cha bhi a h-aon nach cuir ris a sheula
Gur ann bha 'n éifeachd am fuil an UAIN,

Saighdeirean Chrìosd.

Le IAIN MACGILLEATHAIN ("Bàrd Thighearna Chola"),
a rugadh an Tir-iodh 'sa' bhliadhna 1787 agus a
chaochail an Nova Scotia 'sa' bhliadhna 1848.

'S ann tha 'n t-urram gu strì
Aig sàr-shaighdeirean Chrìosd,
Cha ghabh aon diubh a chaoidh *ratreut* ;
Ni iad seasamh gu dian
Ann an aobhar an Rìgh,
Gus an toir iad gu crìch an streup.

Cha dean cogadh no cràdh,
Cha dean gorta no plàigh,
Cha dean beatha no 'm bàs e féin,
Na fir chalm' ud gu bràth
Chur o leanachd an t-Sàir
Tha 'gan stiùradh 'sa' bhlàr 's gach ceum.

Saighdeirean Chrìosd

Gur maiseach an dealbh,
Na fir chruadalach gharbh,
Air an còmhdach' le armachd Dhé ;
Fo Thriath cliùiteach an gràidh
Théid iad sìos do na blàir,
'S iad gun eagal, gun sgàth roimh bheud.

Bidh orr' clogaid na slàint',
A' toirt dìon dhaibh 'sa' bhlàr,
O chruaidh bhuillean luchd-àicheidh Dhé ;
'S air am broilleach mu'n cuairt
Chithear fireantachd bhuan
An 'Ti naoimh a thug buaidh gu treun.

Bidh an leasraichean tròm
Air an crioslachadh teann
Leis an fhirinn, sàr-bhann nach géill ;
Is bidh soisgeul na sìth
Mar bhrògan fo'm buinn
Agus creideamh 'gan dìon mar sgéith.

Bidh ac' claidheamh nach fann
A chur catha 'nan làimh,
'S iad a' cogadh fo'n Ceannard treun ;
'Se sin armachd nam buadh
Leis an cuir iad an ruaig
Air an nàimhdean neo-thruacant', breun.

Saighdeirean Chrìosd

Ged is daoine iad tha calm',
'Sa choisinn deagh-ainm,
Cha'n 'eil aon diubh cur earbs' ann féin ;
'S ann ri Ceannard an àigh
Tha an sùil anns a' bhlàr
Airson buaidh air gach nàmhaid breun.

'Se sin an Ceannard as fearr
A bha riamh ann am blàr,
Ged a strìochd E le làn-toil féin ;
Thug a ghràdh E a nuas
Do an tìr so air chuairt,
A thoirt beatha bith-bhuan d'a threud.

Ged a luigh E 'san uaigh
Le dubh-mhì-run an t-sluaigh,
Dhuìsg E rithisd a suas gun bheud.
Thug E buaidh air a bhàs,
Thug E 'n gath as do chàch ;
'Uile nàimhdean fo 'shàiltean ghéill.

Gur h-iomadh deagh-bhuaidh
A tha air gaisgich an Uain,
Gur freagarrach stuam' am beus ;
Bidh iad tric air an glùn,
Is an aghaidh r'a chùirt,
Is cha seall iad le sùil 'nan déidh.

Saighdeirean Chrìosd

Bidh iad fialaidh le'n làimh ;
Bidh iad ciallach 'nan cainnt,
Cha bhi briathran gun sgoinn 'nam beul.
Bidh an cridhe 'ga leòn
'S cha bhi 'n inntinn air dòigh
Gus am faigh iad an fheòil fo ghéill.

Bidh iad ait anns an Tì
'Fhuair réit' agus sìth ;
Cluinnear òranan binn 'nam beul.
Tha an tlachd anns an àithn' ;
Tha d'a chéil' aca gràdh ;
'Sann air slighe na slàint' tha 'n ceum.

Ged a tha iad an tràth-s'
A' dian-chogadh gach là
'N aghaidh nàimhdean tha làidir breun ;
Bidh iad fhathast le'n Rìgh
Mealtuinn sonais is sìth,
'S iad gun chùram gun sgìos, gun chrèuchd.

Gheibh iad beartas nach gann
Anns an rìoghachd tha thall,
'Nuair a ruigeas iad ceann an réis' ;
Bidh sàr-Cheannard an gràidh
'Toirt gach nì dhaibh as feàrr,
'S cha dean nàmhaid gu bràth dhaibh beud.

Saighdeirean Chrìosd

Bidh iad aoibhinn ag òl
De na h-uisgeachan beò
A ta sruthadh 'o thròcair Dhé ;
Bidh gu pailt air a' bhòrd
Mana ùr ac' mar lòn
'S iad a' deàrrsadh mar ghlòir nan reul.

Eisd, a pheacaich gun chiall
A tha siubhal gu dian,
'S tu aig athair nam breug air shréin.
Ma theid thusa do'n uaigh,
Mar ata thu 's an uair-s',
Bidh tu caillte ann an truaighe ghéir.

Tha ar beatha 'san fheòil
A' dol seachad mar cheò
Ruith air eudan an fheoir roimh 'n ghréin ;
Bi ag eirigh gun dàil,
Is lean Iosa do'n bhlàr,
'S gheibh thu dachaidh am Pàrras Dhé.

A Thi dh'fhuiling 'n am àit'
Deònaich dhomh-sa bhi fàs
Ann an eòlas nan gràs fo do sgéith !
'S 'nuair a ruitheas mo là,
Biodh e fada no geàrr,
Thoir dhomh sìth ann ad àros féin.

An Criosdaidh Aig Bruaich Iordain.

Leis an Urr Dr IAIN DOMHNULLACH *na Tòiseachd bhò'n
bhliadhna 1813 gus a' bhliadhna 1849.*

Is dlùth air abhainn Iòrdain mi,
'S tha 'n fheòil a' gabhail sgàth ;
Bu mhaith a nis an dòchas ud,
Nach cuir gu bròn no nàir'—
An dòchas fhuair na h-aithrichean,
Air carraig bhuan nan àl ;
'Tre 'n d' fhuair gu teàruint' dhachaidh iad,
A steach do thìr Chanàain.

An dòchas fòs 's an creideamh ud,
'Tre 'n d' aidich iad 's an àm,
'S an t-saoghal so, gu'm b' choigrich iad,
Gun chaidreamh bhi ac' ann ;
'Tre 'n d' iarradh dùthaich shaoibhir leò,
Is oighreachd nach bu ghann ;
'S tre 'n d' fhuair iad sin chuir aoibhneas orr',
'S a boillsg dhi, bhàrr nam beann.

An Crìosdaidh Aig Bruaich Iordain

Tha 'n fheòil a' crith, 's cha 'n ioghnadh e,
Dol sìos gu Iòrdan bàis ;
Tha sgàil na h-oidhch' ag iadhadh orm,
'S tha cianalas a' fàs ;
Oir 's e tha romham sìorruidheachd,
Nach tomhais grian no là ;
An cuan a ta neo-chrìochanach,
Gun ìochdar ann no tràigh !

Is dlùth an snaim 's is dìomhair e,
A cheangail riamh r' a chéil',
Anam is corp gu mìorbhuileach ;
—Och 's dian an ceangal e !—
Ach sgaoilidh 'm bàs e uair-eigin,
Is gheibh an uaigh cuid féin ;
Is siubhlaidh 'n sin an tuathanach
Bh' air chuairt 'n a phàillinn créidh.

Theann dhlùthaich laigsean nàduir orm,
Is shearg mar sgàil mo shnuadh,
Mo neart tha tur 'g am fhàilneachadh,
'S gach comas tha dol uam ;
Tha 'n deilbhidh fight' gu snàitheann dhi.
'S tha 'n spàl a' ruith gu luath ;
'S an corpa dìblidh, bàsmhor so,
Dol sìos gach là do 'n uaigh.

An Crìosdaidh Aig Bruaich Iordain

Ach cridhe cruaidh is dò-bheirteach,
Is inntinn fheòlmhor, thruagh,
'S as-creideamh fuilteach, fòirneartach,
'S iad sud mo bhròn 's an uair !
'N t-as-creideamh 's olc gu h-àraidh e,
Tha toirt mo shàr gu cruaidh ;
Air m' anam tarruing fàsachaidh,
'S air Fear mo ghràidh cur gruaim.

'S e sud an t-olc rinn crìonach dhìom,
Am fionain nan saor-ghràs ;
Och 's e a dh'fhàg mì-sgiamhach mi
Am fianuis Fhir-mo-ghràidh !
Mo thurus rinn e cianal dhomh,
'S mo thriall ro mhall gach là ;
'S e m' eagal 'n deireadh, bhliadhnach e,
Gur crìonadh dhomh, 's nach fàs.

Is i mo bheachd, is theirinn e,
A Thaobh a' creidimh bheò,
Gu 'm bheil—'s gach àit' 'n do ghineadh e—
'N t-as-creideamh air a thòir ;
Is iadsan riamh nach d' fhairich e.
'N e éire thruim, 's 'n a bhròn,
Nach 'eil—ge bith a theirear leò—
'N an creideamh-san ach sgleò.

An Criosdaidh Aig Bruaich Iordain

Och ! 's mealladh mòr, 's is cràiteach e,
Th'air àireamh measg an t-sluaigh,
Le aideachadh gun ghràsaibh ac',
Dol 'n coinneamh bàis 'nan suain,
Gun eagal orr' roimh shiorruidheachd,
A dh' iadhas ump' gu luath !—
Bidh gul is giosgan fhìacal ac',
A chaoidh mar dhìoladh duaís !

Ach bheirinn comhairl' àmail orr',
Mu'n téid mo cheann 's an ùir ;
Gu 'm pilleadh is gu 'n tionnd'adh iad,
Gu teann gu Rìgh nan dùl ;
Is ghuidhinn air a' phàirt ud dhiubh,
Bha fad mo là dhomh dlùth ;
Gu'n dùineadh iad ri Slànuighear,
Gun dàil a chuir 's a' chùis.

Oir theirinn, 's thogainn fianuis air,
Thaobh Iosa, Fear mo ghràidh ;
Gur Ceannard caomh is fialaidh e,
'S gu 'n d' fhuair mi riamh e tlàth.
Gu bheil e truacant', tròcaireach,
Is pailt gu leòir 'n a ghràs :
'S a mheud 's a chuireas dòchas ann,
Gu 'm bi iad beò gu bràth.

An Criosdaidh Aig Bruaich Iordain

Is bheirinn comhairl' shònruichte,
Do ghineil òg ar là,
Am fad 's tha 'n cothrom òirdheirc ac',
Is aignidh bheò is bhlàth ;
Am fad 's tha toil so-lùbaidh ac',
Is ùin' gu iarraidh gràis ;
Is èasgaidheachd 'n an glùinibh ac',
Gu lùbadh sìos gach là ;

Air Criosd gu 'n cuirteadh eòlas leo,
'S air sòlasaibh a shaors' ;
'N sin bhiodh e 'n a Fhear-pòsda dhaibh,
Is dh'òladh iad de 'ghaol :
Oir àm na h-òig' gu iarraidh-san,
'S gu mealtuinn Chriosd gu saor ;
Is mis' nach tugadh mìos dhe sud,
Air bliadhn' an diugh de m' aois.

Tha sluagh mo ghaoil 's mo bhràithreachais,
—'Na bràithrean caomh' is treun—
A shiubhail troimh an fhàsach leam,
Air m' fhàgail nis gu léir.
Is dh'fhàg sud aon'rach, cianail, mi,
Mar eun air sliabh leis féin,
'S o dh'fhalbh an comunn tìorail-san,
Tha m'aigne triall 'n an déidh.

An Crìosdaidh Aig Bruaich Iordain

'Tha m'aighe triall—'s e mhiannaichinn,
Bhi mar ri Crìosd 'n a Ghlòir ;
'S tha togradh, mar air sgiathaibh ann,
Ag iarraidh bhi 'n a chòir ;
Ach cudthrom ciont' tha 'g iadhadh orm,
Mar cheap ri sgiath an eòin ;
Teann leagaidh sud gu h-ìosal mi
Ri talamh sìos gun treòir.

Ach feitheam-s' àm an 'Tighearna,
—An t-àm, gu fìor, as fèarr ;
'S d' a thoil ro-naomh-san strìochdar leam,
Thaobh riaghlaidh beath' is bàis ;
'S tra thig an t-àm a dh' òrduich e,
An rùintibh 'ghlòir' 's a ghràis,
Feuch, sud a null thar Iòrdain mi—
'S a Ghlòir dha féin gu bràth.

Sud thairis air gach buaireadh mi,
Gach cunnart cuain is gaoith ;
Gach laigs', is ciont, is truailidheachd,
Gach pian, is gruaim, is caoidh ;
Is sud a steach do'n lùchairt mi,
'S am faic mi gnùis an Rìgh ;
'S 'n a chomunn iomlain, ùrail-san,
Gu seinn mi 'chliù a chaoidh !

An Ionndruinn.

Le IAIN MOIREASDAN ("Gobha na H-earradh"), a rugadh
'sa' bhliadhna 1790 agus a chaochail 'sa' bhliadhna 1852.

"Air fantuinn dhomh gu fad a'm' thàmh
Laigh air mo chnàmhaibh aois,"
Laigh dus is sgleò ro mhòr, is bàs,
Laigh duibhr' a ghnàth, is daors';
Laigh tosd is bròn air iomadh fàth,
Laigh cuing an àite saors';
'S mur faigh mi fuasgladh nuas o'n àird',
Dhomh is dualach smàg an aoig.

Mo chridhe tròm gun fhonn, 's mi sgìth,
Is mi fo mhì-ghean mòr;
Gu bruit a'm' chòm gun fhois gun sìth,
Mì sìor dhol clì fo neoil:
Ged dh'fhiosraich mi mu Fhear Mo Ghaoil,
Cha'n'eil a h-aon a'm' chòir;
Bheir sgeul no seòladh 'san raon,
Gu'm faotainn saor o m' bhròn

An Ionndruinn

Cha chluinn mi guth a' cholamain chaoin,
No comhradh caomh nan uan ;
Mu cheusadh Chrìosd no air a ghaol,
Cha chluinn mi aon 'toirt luaidh,
A thogadh m' aighean 's m' fhonn le saod ;
'S cha'n fhaic mi'n raon mu chuairt
Chuile bhrùit' no lìon na smùide caoil,
Ri'n cleachdainn saors' car uair.

Tha neoil air còmhdachadh nan gleann,
Gun bhoillsg bhi ann bho'n ghréin,
Na caoraich sgapt air feadh nam beann,
Gun bhuachaill ann ri feum ;
Droch aodhairean cinn-iùil nan dall,
Gun tuigs' air call an treud,
'S ma bhriseas aon a mach bho'n mheall,
Bidh coin gu teann 'nan déidh.

Is aobhar m' iondruinn air an àm,
Mo neart 'bhi fann, 's mo spéid,
Mo ghòruich 's m' amaideachd ro mheallt',
'Ga m' chumail mall 'san t-streip ;
Gun chrann-tabhuill bhi 'na m' làimh—
Mo làn a bhi gun ghleus—
Le'm buailinn Goliah 'sa' cheann,
'S gu'm faodainn danns is leum.

An Ionndruinn

Is m' ionndruinn mhòr 's mo bhròn an tràth-s',
Cion foills' air gràs an Léigh,
Nach faod rùn m'inntinn is mo ghnàth',
Ri Fear mo Ghràidh bhi réidh ;
'Se meud mo theagaimh—m' aobhar cràidh—
Á deagh-ghean 's fàbhar Dhé
Thaobh cruas mi-chreidimh air a shlàint',
A dh' fhàg mi 'm thràill dhomh féin.

Is aobhar m' ionndruinn air gach uair,
Is fàth mo ghruaim 's mo thùrs',
Mo pheacaidh' ghràineil 's m' inntinn thruailt
Bhi folach bhuam a ghnùis ;
Is m' àrdan ceannairceach 's m' fhéin-uaill
A' glasadh suas mo chiùil,
Mo chridhe nàimhdeil aingidh buairt,
Mar theas a' fuadach driùchd.

Bidh mis' an sàs gun bhàigh gun truas
Fo bhuille chruaidh an àird,
Bidh mi gun tàmh fo àmhghar truagh
Gu'n cluinn mi fhuaime as ùr ;
Gu'n sil e ghràs o'n àird' le buaidh,
Gu'n seall e nuas le shùil,
'S gu'n sìn e làimh a ghraidh mu m' chuairt,
Gu m' tharruing suas ris dlùth

An Ionndruinn

Tha eud ro loibhte laist' a'm' chré,
O ghrùnd ro bhrèun is searbh ;
O'n nìmh ro thròm tha' m' chòm ri streup ;
'Ga m' lot gu geur le chalg ;
'N uair 's fearr mo ghleachd an aobhar Dhé,
Tha cuid dheth 'n stéidh o'n chealg,
'S dhomh 's éiginn teich' le luath's mo cheum
Gu uamh an t-sléibh air falbh.

Ged shéideadh stoirm is toirm ro bheur,
'Chur chreag gu léir 'na'n smùr,
Beithir, crith-thalmhainn gharbh le chéil',
Le 'n criothnaicht sléibht' o'n grùnd :
Ged thigeadh teine losgadh gheug,
Gach lus, gach feur, na'n smùid,
Cha'n fhaigh mi fois gu'n cluinn mi féin
'N guth caoin o'n bheul tha ciùin.

Is m' ionndruinn air a' chomunn thlàth,
Dh' fhag guin a' m' airnibh geur ;
Is air an éifeachd ta 'na phlàsd
A dheanamh slàn mo chreuchd :
Ta m' ionndruinn air a chaoimhneas ghràidh
Chur blas a ghràis 'na m'bheul,
A chuireadh casg air gath mo nàmh
A tha do ghnàth 'ga m' theum.

An Ionndruinn

Mo ghoimh gun lasachadh gach àm,
Mo chreuchd a' diultadh phlàsd,
Gach buaidh dhe m' anam làn dubh-fhann,
Mo chreideamh gann gach tràth ;
Mi triall 'san dorchadas mar dhàll,
Toirt beum do'n cheannard ghràidh,
'Ga mheas gu léir mar shruthan meallt',
'S gun m'earbs' ach fann 'na shlàint.

Mi 'g ionndruinn geall a' chumhnaint réit',
Trid aonadh Mhìc Dhé nan Dùl,
A dhaingicheadh gu teann le sheul,
Le 'n déidheadh gach beud air chùl,
Le 'n gluaiseadh m' anam 'na chois-cheum,
'San leanainn e gu dlùth
Le aonachd ghlain a spioraid féin,
'S le tarruing threin a chùird.

'N sin dh' eireadh m' eallach dhìom, bha tròm
'Ga m' chumail cròm ri làr,
Is leumainn ealamh air mo bhonn,
Is bhiodh mo chonn nì b' fhearr ;
'N sinn dhannsadh m' anam 'na mo chòm,
Le òran fonnmhor àrd,
'S bhiodh fois aig m' inntinn, a bha tròm,
'N uair bhiodh gach tonn 'na thàmh.

An Ionndruinn

'N sin bhiodh mo chonaltradh gu léir
'N co-chomunn séimh a ghràidh,
Bhiodh tosd air cosgaraich na béisd,
Mo chridhe air ghleus a ghràis ;
Gach buaidh dhe m' anam cur gu treun
Na h-oibre 's réidh ri aithn',
Gun strì, gun eas-aonachd le chéil',
'S bhiodh pròis is féin fo thàir.

Fàbhar Mhic Dhé.

Le CALUM MACNEACAIL, a bha uair-eigin 'na mhaighstir-sgoile ann an sgìre Bharbhais, an Leòdhus. Rugadh e 'san Eilean sgiathanach mu'n bhliadhna 1793, agus chaochail e an Steòrnabhagh'sa bhliadhna 1877.

Tha mi-chreideamh 's droch nàdur,
Tha àrdan 's tha féin
'Gam eabradh 'san làthaich,
'S gam fhàgail gun fheum,
'S ged shaoil mi gu'n d'bhàsaich
A' ghràisg ud gu léir,
Cha do rinn iad ach crùbadh
An cùil annam féin.

Tha mo shùil ris na h-àrdaibh
Airson fàbhair Mhic Dhé,
'S ann annsan tha slàinte,
Bho mo phlàighibh gu léir ;
Bheir E a spiorad gu mo naomhach',
Bheir E aonachd ris féin,
'S ni éifeachd na fola
Mi glan bho gach creuchd.

Fàbhar Mhic Dhé

Bheir E creideamh beò slàinteil,
Bheir E gràdh nach bi fann,
Bheir E fireantachd fhìor-ghlan,
Bheir E sìth nach bi meallt',
Bheir E dòchas nach nàraich,
Bheir E àrach d'a chloinn
Fad an turuis tre'n fhasach
Leis a' mhana nach gann.

Na dean uaill as do ghràsaibh,
'Gan cur an àite Mhic Dhé ;
Mu'n fagar le Dia thu,
Dha d' iodhal 's dhuit féin,
Biodh do shùil ris an Àrd-rìgh,
Nach fàg thu 's nach tréig,
Biodh do thaice a ghnàth ris,
'S abair Abba ris féin.

Bidh mi nis a' co-dhùineadh,
S' mi 'n dùil ri do ghràs,
'S gu'm bi thu 'gam stiùradh
Ann an ùmhlachd do d'àithn' ;
Dean mi iriosal naomha,
'S biodh mo ghaol dhuit a' fàs,
'S bi a ghnàth 'gam chòmh nadh
O fhòirneart mo nàmh.

An Sgàthan.

Leis an Urr DONNCHADH DÙ'GHALLACH, a bha ann an Tìr-
iodh, a rugadh mu'n bhliadhna 1800 agus a chaochail 'sa'
bhliadhna 1850.

Bha mis' mar chàch ann am chreach aig Sàtan,
Sìor dheanamh tarhuis air t'àith'ntan caomh' ;
Fo chuibhreach bàsmhor aig truaill'eachd nàduir,
'S mi 'm nàmh do ghràsan an Spioraid Naoimh.

Och 's mòr an fhàilling thug mi o Adhamh,
'S cha mhis' a mhàin ach an t-àl gu léir
A thàinig uaithe tre ghineil ghnàthaicht' ;
Rinn sud 'nan tràillean do Shàtan iad.

Chaith mi mo làithean air feadh an fhàsach,
Gu h-uaibhreach, àrdanach, feargach, baoth ;
Am struidhear neòghlan làn macnuis 's còmh-stri,
'S am ruidhtear ceòlmhor le gòraich fhaoin.

An Sgàthan

Le m' chridhe cealgach tha làn de shalchar,
Thug fad air mhearallan mi feadh a' cheò ;
Mo nàdur truailidh 'g òl suas gach barraghlòir,
Gu nàimhdeil, ana-cainnteach, fad o'n chòir.

Gun eòlas slàinteil air Dia nan gràsan,
Am chreach aig Sàtan, 's am thràill do'n fheoil,
'Toirt gràidh do'n t-saoghal 's do chuideachd
bhaoghail,
'S a' chuideachd naomh, 's mi nach taobhadh leò.

'S mi h-uile là 'g ràdh ris an t-Slànu'ghear
" Imich an tràth so, cha'n àill leam thu
A bhi 'nad' Rìgh, Shagart dhomh, no 'd Fhàidhe,
'S an uair thig am bàs 's maith leam tàmh rium
thu."

Ged theireadh fhìrinn-san rium gu làitheil,
'N diugh là na slàint' gabh an gràs 's na diùlt ;
Ach o'n bha m'inntinn-se dha 'na nàmhaid,
'Se bhi cur dàil ann a bha am rùn.

'S an sin a smuainich mi air an truaighe,
A bhiodh mar dhuais dhomh 'n taobh thall de'n
bhàs ;
'S ann dhùisg sud reusan do sheòrsa diadhachd
'S an sin a dh'fhiach mi ri dol na b' fhearr.

An Sgàthan

Chaidh mi gu fuaigheal nam mìrean nuadh,
Ris a' chridhe chruaidh 'san robh fuath do ghràs ;
Le dùil gu'm b'léir dhomh bhi 'g ùrnuigh 'n
còmhnuidh
'S mo chridhe feòlmhor 'na chrò do m' nàmh.

B'e 'n dòchas làidir bh'agam an tràth sin,
Gu'n cois'ninn Pàrras le m' airidheachd fhéin ;
'S ged bhithinn fàillingeach ann am pàirt dhiubh,
Gu'n coisneadh càcha dhomh deagh-ghean Dé,

'N sin thòisich leughadh is leasach' bheùsan,
An dùil gu'n deantadh mo réit' ri Dia,
'S a nis gu h-àraidh gu'm b'fhèarr na càch mi,
'Se sud bha Sàtan cur orm mar fhiach'.

'S ged thréig mi cuid de mo mhiannan millteach,
Air mhodh dìomhair bha mi an sàs ;
Is ghabh mi tàmh ann an didean bréige,
Fo mhallachd Dhé, 's cha bu léir dhomh e.

B'iad m' oibre féin 'n rud bha mar stéidh dhomh,
Cha b' léir dhomh 'n éifeachd bha 'n stéidh na
slàint' ;
Fo'n lagh gu gnìomhach sìor dheanamh dìchill,
Le dùil gu'm fìreanaicheadh e mo ghnàth.

An Sgàthan

'Se so an Sgàthan 'sam faic sibh pàirt,
De mo thoradh nàduir, 's de m'umhlachd fhéin ;
'S a chàirdean gràdhach, nach truagh leibh càradh
An neach as gràineala tha fo'n ghréin ?

Ach dh'fhosgail Ughdair na slàint mo shùilean,
'Nuair thàinig 'n ùine a rùnaich e,
'S chuir e cho drùidhteach an lagh do m'
ionnsuidh,
'S gu'n dhearbh e m' ùmhlachd bhi dhomh 'na
bàs.

Bha'n lagh 'gam' sgiùrsadh is dhùisg mo choinn-
seas,
Bha mi 'gam' chuibhleadh agus 'gam' chràdh ;
'S bha 'n spiorad daors' sin 'gam' chlaoidheadh
daonnan,
A' sìor thoirt m' aotromais dh'ionns' an làir.

Bha 'n lagh 'gam' sgiùrsadh, oir b'e m' oid-fhò-
ghluim,
'Gam' thoirt a dh'ionnsuidh m'Fhir-shaoraidh
naoimh ;
'S o m'uallach tròm is e fhéin rinn saor mi,
'S chaidh m'earbs' bha faoin chur a thaobh gun
suim.

An Sgàthan

'Se Iosa Criosd a thug saorsa shiorruidh
Do na milltean bha 'm prìosan truagh,
Is ann 'na fhìreantachd a tha prìseil,
A fhuair mi 'n dìdean 'san dìon o thruaigh'.

Ged tha mo nàmhaid rium gleachd gu làthail
'Se Criosd le ghràsan nì m' fhàilling suas ;
'Se ghealladh slàinteil nach dean e m' fhagail,
'S gu'm faigh mi laith'reachd is gràs gu buaidh.

Ged théirgeas sléibhteann 's ged leagh na reultan,
Ged theich na nèamhan, an speur 'san cuan ;
'Se gealladh gràsmhor an Tì as Àird' dhomh,
Gu'm faigh mi fàilt' uaith air sgàth an Uain.

Ebeneser.

Leis an Urr Dr IAIN MACLEOID, na Morthairn bho'n bhliadhna
1824 gus an do chaochail e 'sa' bhliadhna 1882.

Tha mo thurus troimh 'n fhàsach a nis gu bhi
réidh,

Thàinigfeasgar mo làithean is deireadh mo ré ;
Ach aidichidh mi leis gach taingealachd cridh',
An fhad so, a Dhia, gu'n do chuidich thu mi.

'S tric a shearg mi fo easlaint 'sa ghuil mi fo
bhròn,

'S tric a ghluais mi gu deurach, gun éideadh, gun
lòn,

Ach dh' earb mi á Dia anns gach deuchainn is
dith,

'S an fhad so, a Thighearna, chuidich thu mi.

'S iomadh caraid bu chaomh leam a dhìobair 'sa
thréig,

'S iomadh dòchas a b'ait leam a mheall mi le
'cheilg ;

Ach do chàirdeas-sa sheas anns gach doilghios is
strì,

'S an fhad so, a Thighearna, chuidich thu mi.

Ebeneser

Agus seallaidh mi romham, is gabhaidh mi
beachd.

Air gach deuchainn is ànradh tha fhathast ri
teachd ;

Ach m' anan fo gheilt no fo imcheist cha bhi,
Oir an Dia nach do dhìobair cha dìobair e mi.

Cliù A' Mheangain.

Le S. NICNEACHDAIN (Mrs CAMARAN), *a bha ann an
Cam-ghobhar an Raineach.*

Bho bhonn Iese bhrìst a mach
Am Faillein gasda, ùr ;
Fìor chrann uaine, taghta, luachmhor,
'S airidh e air cliù ;
Meangan uasal torach buadhor e
'S e gach uair fo dhrùchd—
A ghèugan dosrach sìnte suas,
'S iad tarruing uaithe sùigh.

So an Crann am measg nan crann,
Air àrdachadh gu mòr ;
Faillein sùghar, maiseach, cùbhraidh,
Taitneach, ùrar òg ;
Aluinn, ciatach, 's e ro sgiamhach,
Miannaicht' air gach dòigh,
Gun fheachd no fiaradh, ruaidh' na crìonadh,
Gun ghaoid, gun ghiamh, gun ghò.

Cliù A' Mheangain

Crann ro phrìseil, miann na frìdhe,

'S e gu dìreach 'fàs :

E air sìneadh mach a gheugan,

'S iad gu léir fo bhlàth :

Nach mothaich tart ri àm an teas,

Nach searg 's nach crìon gu bràth :

Aig uisge sèimh tha e na thàmh,

'S cha tiormaich meud an tràsg'.

Tha abhainn fhìor-ghlan 'ruith m'a chrìochaibh,

De'n fhìor-uisg' shoilleir, bheò ;

Cur subhachais an crìdh' gach aoin,

A gheibh dhi taom, r'a òl ;

Tha slàint' is ùrach 'na dhuillich chùbhraidh

Do'n anam bhrùit' fo 'leòn ;

Beatha 's ioc-shlaint' dhaibh fo 'n iargainn ;

'S gheibh dream gun lùs uaith' treòir.

Meangan cliùiteach 's e air lùbadh

Le ùr-mheas chum an làir,

Toirt toraidh thruim gach àm 'sa' bhliadhn'

'S gu sìorruidh a' toirt fàis :

Tha e brìoghar, 's mòr a mhìlseachd,

Anns gach linn is àl ;

'S gach eun tha glan am measg coill'

Gheibh iad fo'n chraoibh so sgàil.

Cliù A' Mheangain

Crann ro thaitneach, 'sgaoil ro fharsuing
Mach o chuan gu cuan ;

'S ann fo a sgàile gheibhear fasgadh,
Taitneach do'n luchd-cuairt.

Tha 'àirde ruigheachd chum nan nèamh,
'S thar nèamh nan nèamh a bhuaidh :

Tha 'mhaise 's àilleachd a' toirt bàr
Air gach crann dh'fhàsas suas.

Meangan brioghar e da rìreadh
Bho'n sruth milltean buaidh,

Na's mìls' gu mòr na mhill 's na circan
Tha 'n ioc-shlaint' a thig uaith' ;

Tha sruithean sòlais ruith gach lò uaith'
Do'n anam leòinte, thruagh,

'S na h-uile h-aon a nì dhiubh òl,
Bidh aca sòlas buan.

Crann ro luachmhor nach gabh gluasad,
'S nach luaig an doinionn àrd ;

Cha dean stoirm a fhreumhan fhuasgladh :
'S cha chaill e shnuadh no bhlàth :

E suidhichte air sléibhtean Israeil,
Le làimh, an Ti as àird' ;

'S cha téid am feasd' a ghearradh sìos,
No chaidh a spìon as àit'.

Cliù A' Mheangain

An crann as rìomhaich' o'n stoc as rìoghail,
Tha 'san fhrìth a' fàs,
Gach crann 'san fhrìth a' tarruing brìgh uaith'
Neirt is sùigh gach là,
Fo dhubh'r a gheugan gheibh na feumaich,
Beatha, réit', as blàths ;
Fo sgàil a thròcair thig gach seòrsa
'S bidh iad beò gu bràth.

'Se 'n sgeul as prìseil' chaidh riamh ìnnse,
'Se 'na fhirinn bhuain :
Gur e an 'Tì so Rìgh nan Rìghrean
Sìth is glòir a shluaigh,
Strìochdaidh cinnich dha is treubhan
'S bheir fuidh ghéill gach sluagh,
Is slòigh nan nèamhan bheir gu léir dha
Urram 's géill bhith-bhuan.

An Tuil.

Leis an Urr DONNCHADH MACGILLEATHAIN, a bha ann
an Gleann-urchaidh, bho na bhliadhna 1837 gu 'bhàs
'sa' bhliadhna 1871.

Tha ghrian anns 'na h-àrdaibh ag éirigh gun
ghruaim,

'San saoghal bu shàmhach a' dùsgadh á shuain ;
Tha ceòlraidh na coille a' gleusa' 'n cruit-chiùil,
Cur fàilt' air a' mhaduinn le aighear 's le sunnd.

Tha maise a' chéitein air réidhlean nam beann,
Air coille nam badan, 's air lagan nan gleann ;
Sgaoil samhradh na maise a bhrat air gach taobh,
'S air aghaidh a'chruinne tha gean agus aoidh.

Tha'n ceannaich' r'a cheannachd, tha'n treabhaich
r'a stà,

Tha ùpraid is iomairt gun tilleadh 's gach àit' ;
Tha'm buachaill' gu h-aotrom ri aodan nan càrn,
Ag iomain nan caorach, chruidh-laoigh, is an àil.

An Tuil

A mach feadh nam bruachag is cluaintean an
fheòir,
A' mireadh 's a' ruagadh, gun ghruaman 'nan còir,
Tha 'n comunn is beadraich', clann bheaga mo
ghaoil,
Gun chùram 's gun eagal, a' cleasachd neo-chlaoin.

Cia nise am bagradh a chuireadh oirnn sgàth,
Thuirte gu'n robh 'm Breitheamh gu'r milleadh
gun bhàigh—
E sgeadaicht' le corruich 's le torran nan speur,
Chur an t-saoghail am mugha, a chruthaich e
fhéin?

Faoin-sgeul gun fhirinn, gu cinnteach, a bh'ann,
A chuireadh an ìre an dìle bhi teann!
Tha gach nì mar bu ghnàth air gach làimh agus
àird,
Bho'n chaidil ar sinnsear, tha gach nì mar a bha.

'Se Noah bha baoghalta 'shaothraich cho dìan,
A' sgaoileadh an fhaoin-sgeoil nach fhaod a bhi
fìor;
A sgap a chuid stòrais, gun sòradh, gun stà,
Air obair na gèraich, bu neonach sud dha.

An Tuil

Cha chualas mac-samhuil na naidheachd ud riamh ;
'S ciod thuige a ghabhamaid gealtachd no fiamh !
An t-slige 's a' chuach, mu'n cuairt iad fo stràc,
Gu'm b'fhada sud uainne, gach smuaran is pràmh.

Ach ciod so a' ghruamaich a chuartaich a' ghrian ?
Is ciod so a' chuairt-ghaoth tha sguabadh nan
nial ?

“Se torman a' chaochain o'n aonach a th'ann—
'Se anail na gaoithe o chaoin-shlios nam beann.”

Tha'n t-òganach riomhach, 'san rìbhinn deas, ùr
Le'n càirdean 's le'n dìlsean gu dìleas r'an cùl,
A' nasgadh am pòsadh le deòin an luchd-gaoil
Tha aighear is sògh ann, tha sòlas is aoidh.

Ach dhorchaich an latha, tha'n t-athar fo ghruaim,
Tha cuantan a' beuchdaich, 's gur deist'neach am
fuaim ;

Tha'n talamb a' clisgeadh, 'sa' briosgadh gu bhonn,
Bhrùchd an cuan thar a' chladaich le sadraich a
thonn.

Tha'n t-uisge a'braonadh 'sa' taomadh gun tàmh,
Tha'n dìle a' sgaoileadh, a sgaoil air gach làimh
Nuas broilleach gach aonaich is fraoch bheanna
cas,

Tha 'n dìle a' brùchdadh gu dùmhail 's gu bras.

An Tuil

Gu ùrlar gach glinne, o fhireach nam beann,
'Tha 'n dìle air mhìre, a' sireadh gu teann ;
'Tha caoidhrean tha cràiteach gun tàmh a' dol suas
'Tha 'n saoghal 'ga bhàthadh, tha'm Bàs a' toirt
buaidh.

'Tha 'm Bàs ann air mhìre, a' milleadh 'sa' sgath',
A' sàthadh gun tioma 's gach cridhe a gath
Mar iolair an fhàsaich, le àbhachd gun truas,
Ag ol a seachd-sàth de bhlath-fhuil nan uan.

'Tha 'n dìle a' sgaoileadh gu h-aognuidh 's gu bras ;
An dòchas nach faoin e gu'm faodar dol as !
An òige 's an aois tha ri saothair gun stà ;
A glacaibh an aoig ud cha saorar gu bràth.

Nach cruaidh i, a' ghàir ud, tha 'n an dràst a' dol
suas,

Am bas-bhualadh cràiteach measg gàrthaich nan
stuadh !

An glaodh is an sgairteachd tha sracadh nan nial,
Gun dòchas gun fhiughair ri furtachd o Dhia.

“ An cluinn thu sin idir, am fìdir ar càs ?

'N do dhiúlt thu gu tur sinn, 'n do liubhair gu bàs ?

Á sruthaibh do chorruich an òl sinn gu sìor ?

Do bhagradh, mo thruaigh' ! ged bu chruaidhe
gu'm b' fhìor.

An Tuil

Gur ceart i, ar binne, O's cinnteach gu leòir ;
Air Dia rinn sinn dìmeas, an dìmeas bu mhò ;
D'a thoil cha do strìoche, mheas fhìrinn mar
sgleò ;
B'e ar Dia ar toil-inntinn ar n-iodhhal ro mhòr.

Tha'm firean a chreid thu 'sa chuideachd maraon,
A ghluais ann ad eagal 'sa sheas air do thaobh,
An tèarmunn na h-àirce, gun sgàth is gun fhiamh
Roimh dhoinionn nan àrd-bheann is àrdan nan
sian."

O's cianail a ghàir ud, 's gach àit' agus taobh,
'S is cruaidh i an spàirn ud gu tàradh o'n aog ;
Tha gach ainmhidh fo éislean, gach creutair fo
ghruaim,
Tha 'n t-uisge ag éirigh, ag éirigh 'na cruaidh.

Tha 'n tréun a bha gaisgeil, tha 'n lag a bha caoin,
Tha 'n t-òg a bha sgairteil, an glacaibh an aoig ;
Tha mhàthair 'sam macan a' greasad gu teann,
A' streapadh 'sa' dìreadh gu cìrein nam beann.

B'i iomairt a' chruadail gun bhuaidh leatha bh' ann ;
Tha 'n t-uisge a' bualadh ri cruachan nam beann ;
Tha 'n tuil air iom-sgaoileadh air raon agus blàr,
Thar àirde gach monaidh tha tonnan toirt barr.

An Tuil

Tha 'n cath air dol sèachad, an cath ud bu
chruaidh,

Is shìolaidh an éigheachd bu déist'neach car
uair ;

An tui bhuail a basan le aiteas is fonn,

Ag éigheachd buaidh-chaithrim, 'san talamh fo
bonn.

Faic toradh a' pheacaidh, 'sa' bhreitheanais
chruaidh ;

Faic caoimhneas is càirdeas an Ard-Rìgh d'a
shluagh ;

An ciontach tha bàite rinn tàir air a' chòir,

Am firean tha sàbhailt thug gràdh dhi le deòin.

Is faic i an àirc' air bharra nan sùgh,

Gun chombaist, gun acair, gun acfhuinn, gun
siùil,

A' gabhail a cùrsa fo stiùireadh Mhic Dhé,

'Si torrach le dòchas an òg chruinne-ché.

Dian-iarrtus anma airson Chrìosd.

Leis an Urr. Dr. D. B. BLÀR, a rugadh ann am Baideanach
'sa' bhliadhna 1815 agus a chaochail ann an Nova Scotia 'sa'
bhliadhna 1893.

Is truagh nach lean-sa 'n Crìosd tha'n sud,
Le ghnìomharaibh gu léir !
A Phearsa ghlòrmhor, dhiadhaidh-san,
'Sa bhriathran mar an ceudn' !
Gach nì a rinn e ghnìomhachadh,
'Na ìsleachadh fo'n ghréin,
O ! b'fheàrr gu'n d'fhuair mi còir air sud,
B'e sud m' àrd-shòlas féin.

'S an éiginn dhomh-sa seargadh as
Le marbhantas, 's le sgios ?
Am baraich mi gu gortach
Le mòr ocras agus iot' ?
O ! b'fheàrr gu'n d' fhuair deth,
Aon chrioman de mo Chrìosd !
'Se sud a dh' fhàgadh sàthach mi,
Le gàirdeachas gun chrìoch.

Dian-iarrtus anma airson Chrìosd

O! c'uin, a Rìgh nan Dùl
Theid mo stiùireadh ann ad reachd?
O! c'uin bhios do stàtuisean
Gach là air grùnnd mo bheachd!
Is t' fhocal dhomh mar riaghailt,
Chum nach fiarainn as do ròd,
Le m' aghaidh fad na slighe riut
An Sion shuas an glòir.

O! thig a Thighearn, Iosa
Tha mo chiocras dol ad dhéidh!
O! thig gu luath 's gu h-ath-ghoirid,
Tha fad orm leam féin!
'S mòr m' fhadal gus am faic mi thu,
Gu maiseach shuas air nèamh!
Do ghnùis ro dhealach, ghlòrmhor, tha
Ro àrd thar glòir na gréin?

Cha'n urrainn mi bhi riarichte,
Am bliadhna no gu bràth,
Mur faic mi gnùis an Rìgh, tha
Air Sion glòrmhor àrd!
O! thig a Chrìosd, mo 'Thighearna,
O! thig a nis gu luath!
O! thig is tog mo mhisneach-sa;
Mur tig bidh mise truagh!

Dian-iarrtus anma airson Chrìosd

O! Nigheanan Ierusalem,
Tha lurach agus grinn,
Sparram oirbh ma chì sibh e—
Oir tha mi sgìth ro thinn—
Le cabhaig sibh a dh' innseadh dha,
Gu bheil mi tinn le gaol ;
Mur coinnich e le lànachd mi,
Gu'm bàsaich mi le caoil.

'S geal dealrach mar an lili e,
A chinneas anns a' ghleann ;
Is dearg mar Ròs an Sàron e,
'Se Fear mo ghràidh gach àm.
'S Ceann-feadhna measg dheich mìltean e,
N'as fìnealta na càch
Fear-iomchair treun mo bhrataich e,
A chasgaireas mo nàmh.

Tha chiabhan dualach, caisreagach,
Dubh, bachlagach, is clearc,
Tha aogas àrd mar Lebanon
Nam badanan 's nam preas ;
Tha ghnùis ro àlainn cùbhraidh,
Mar an seudar ùr-ghorm àrd ;
Tha shùil mar shùilean colamain
Laimh ri torman nan sruth làn.

Dian-iarrtus anma airson Chrìosd

A ghaol-san riamh bha seasmhach dhomh,
Cha teirig e gu bràth,
'Tha innidh caomh ro thruacanta ;
Is maireann, buan, a ghràdh ;
Is tha e gu léir ionmhuinn leam,
Ro ionmhuinn anns gach dreuchd,
'Se m' Fhaidh' mo Rìgh, 's mo Shagart e,
M' Fhear-tagraidh anns gach feum.

O! c'uin a théid mi dhachaidh leis
Gu flaitheanas na glòir' ?
O! c'uin a nochdar sgiamhach mi
'Na fhianuis-san fadheòidh ?
'Nuair thig mu'n cuairt an t-àm ud anns
Am fàg mi gleann nan deur,
Làn-sgeadaichear gu glòrmhor mi,
Mar lòcharan nan speur.

'Se dh' fhàg fo bhròn 'san àm so mi,
An seann duine bhi treun !
'Se rinn mo chridhe bhriseadh dhomh,
'S mo chreuchdan silteach, breun !
O! c'uin a bhios mi naomhaichte,
Ro iomlan naomh a steach !
'S mi leumas le mòr ghàirdeachas,
'Nuair dh' fhàgas mi am peac'

Dian-iarrtus anma airson Chrìosd

'Nuair théid mi null thar Iordain ud,
Gu Aros glòrmhor Dhé,
Bheir mise cliù gu bràth ann da,
Bho'n shàbhail e mi féin :
Oir cò a thoill bhi 'n iutharna,
A' gul am piantaibh goirt,
Cho mòr ri m' anam peacach-sa,
A bhris a reachd le m' thoil.

Mo Shlànuighear.

Le MURCHADH MCLEÒID *Scalpaidh na h-Earradh a rugadh 'sa' bhliadhna 1881, agus a chaochail 'sa' bhliadhna 1907.*

NA'M b'urrainn mi dh' éighinn sgeula mhillis mo chridh',

Mar thàinig an Slànuighear gràidh a chosnadh mo shìth;

Bha 'm prìosan an sàs aig nàmhaid m' anam' fo chis,

'Ga m' iomain gu truaigh, gu cuan na lasair gun chrìch.

Co-sheirm: Hosanna gu bràth do 'n t-Slànuighear thug dhuinn an t-saors',

Thug dhuinne tre ghràs an t-slàint a cheannaich e daor;

Trid a chroinn-cheus', is éiginn fallus a chuim,

Tha fuil an Uan-Chàisg cur blàths is taitneas 'na m' chridh'.

Mo Shlànuighear

'S cha d'fhàg e mi riamh—bha bhriathran milis os
iosal,

'Ga m' dhìteadh gach ceum 's cha ghéilleadh
ceannas mo chridh' ;

'S e bualadh gach là le gràdh aig dorus mo
chridh',

'S e duilich fo chàs, nach b'àill leam fhosgladh le
sith.

'S 'n uair thàinig mi dlùth do chuirtibh ifrinn dho
sios,

Bha 'nàmhaid le spòrs air dòigh a' fanaid mu m'
chrìoch ;

'S 'n uair bha mi gun dòchas, b'oillteil duilich mo
dhiol,

Chuala mi 'n guth caol, "Mo ghaol cha do
dhealaich riut riamh."

Cha 'n fhaighear 's an fheoil a ghlòir a thabhairt
do 'n Uan,

Cha d' innseadh le bàird, 's le fàidhean, 's abstoil
ach blian ;

'S i 'n t-sìorruidheachd mhòr, is sluagh nam
flaitheas le miann,

'S na h-ainglibh le chéil', 's e nèamh so an
caithream gun chrìoch.

Mo Shlànuighear

'S 'nuair chunnaic E'n saoghal mùcht' fo'n
mhallachd gun leigh's,
Gun dòigh dhaibh gu bràth air fàbhar bean-
nachdan Dhé ;
'S e urras a ghràidh a phàigh an ceannairc gu léir,
'S gach aon leis an àill, tha 'n t-slàint-sa nasgaidh
dhuit réidh.

Faodaidh tu ràdh gu bràth tha m' oidhirp gun
fheum,
Cha 'n urrainn mi càil ni stà dha m' anam no
feum ;
Siubhail gu bràth gach cearna farsuinn fo 'n
ghréin,
D'fheuch am faic thu dol cli aon tì a dh'iarr e le
déidh.

Ach a chealgaire sheòlt' 's leat is deòin do
lethsgeulan féin,
Toirt dimeas do 'n t-Slànuighear gràidh thug anam
gu d' leigh's ;
'S ma théid thusa dhìth bi cinnteach's coireach
thu féin,
'S cuiridh tu t-aont' ri naomhachd 's onair Mhic
Dhé.

Mo Shlànuighear

'S maisich' leam E na sleibhtibh 's beannaibh de
'n òr,

Tha sòlas an t-saoghail mar sbruileach falamh gun
lòn ;

'S e mo ghuidhe gu bràth fhad 's dh' fhàgar
agam do threòir,

Bhi 'g iarraidh a ghràis, toirt fàs air m' anam do
ghlòir.

Tha iomadach bròn ri chomhrag an taobh-sa de
'n uaigh,

Fhuair mi mo phàirt do chàsan duilich 'n a m'
chuairt :

'S ma gheibh mi o'n àird de ghràs na lasas mi
suas,

Bi aoibhneas 'n a m' chridh' a' liubhradh m'
eallaich do 'n Uan.



Sòlas.

Le MATA MACLEÒID, a bha ann am Port-na-giurain, an Leòdhus. Rinneadh an dàn so leis do “*Ana Mhòr Sheiseadair*” (Mrs Campbell) ’nuair a dh’fhalbh a h-aon mhac do chogadh a’ Chrimeà. Chaochail Mata ’sa’ bhliadhna 1902.

Thus', a bhean bho chd, tha 'nad aonar,
'S tu ri caoidh mar a tha thu,
'S feàrr Mise dhuit na mìle mac,
'S cha dealaich Mi gu bràth riut.

'S feàrr Mise dhuit na mìle mac,
'S cha dealaich Mi gu bràth riut,
'S ged thigeadh Pharaoh ort le fheachd
Bìdh dìon fo sgiath mo ghràidh dhuit.

'S ged thigeadh Pharaoh ort le fheachd
Bìdh dìon fo sgiath mo ghràidh dhuit,
Bheir Mi thu null tre'n Fhairge Ruaidh,
Ach sluigear suas do nàmhaid.

Sòlas

Bheir Mi thu null tre'n Fhairge Ruaidh,
Ach sluigear suas do nàmhaid,
Dh' aindeoin Pharaoh 'sa luchd-strì,
Bidh tus' an tìr Chanàain.

Dh' aindeoin Pharaoh 'sa luchd-strì,
Bidh tus' an tìr Chanàain,
Is gheibh thu sealladh air an Rìgh,
Is chì thu gnùis nam bràithrean.

Is gheibh thu sealladh air an Rìgh,
Is chì thu gnùis nam bràithrean,
Is cothrom coiseachd tre'n tìr,
'S cha ghabh thu sgìos gu bràth innt'.

Is cothrom coiseachd tre'n tìr,
'S cha ghabh thu sgìos gu bràth innt',
Ach tiormaichear gach deur o do shùil,
'S cha bhi do ghnùis fo nàire.

Ach tiormaichear gach deur o do shùil,
'S cha bhi do ghnùis fo nàire,
'S cha téid a' ghrian ort tuilleadh sìos,
Fad sìorruidheachd tha 'lànachd.

Sòlas

'S cha téid a' ghrian ort tuilleadh sìos,
Fad sìorruidheachd tha 'lànachd,
Ri seinn air òran Mhaois 'san Uain,
'S ri snàmh an cuan a ghràidh-sa.

Am Biobull.

Le AONGAS MACFHIONGHAIN, ann an Bhancùbhar ; air a
sgriobhadh an 1914. Rugadh e an Gleann-dai'san Eilean
Sgitheanach.

Thàinig thugam thar a' chuan,
Leabhar luachmhor an deagh sgeil ;
Air breith is àrach 's bàs an Uain,
'S iomradh buan air moladh Dhé.

Ni mi lòchran dhiot 's fear-iùil,
'S inneal-stiùraidh do mo cheum ;
Gheibh mi beatha, neart, is lùths,
Aig crùbadh dhomh fo sgàil do sgéith.

Cha 'n 'eil leabhar ann bheir bàrr ort,
Dheachdadh thu bho lathair Dhé,
'S cha toir claidheamh buille bàis dhuit,
'S ionnan thu 's Immanuel Féin.

Am Biobull

'S iomadh ionnsuidh guineach garg,
Thug iad ort bho'n aimsir chéin,
Ach tha do ghlòir an diugh gun chearb,
'Se is ainm dhuit Focal Dhé.

Théid muir is talamh bun os cionn,
Théid air chùl an cruinne-cé ;
Ach maireannach bidh tusa chaoidh,
Do dhàn 's do chliù air feadh gach ré.

Ged tha mi aineolach a'd'chùirtibh,
Bheir mi ùmhlachd dhuit is spéis ;
Iarraidh mi an solus iùil ud,
'S gheibh mi dlùth do 'n iobairt réit'.

'Nad dhìomharachd cha ghrùnaich nàdur,
Mur sil an gràs a nuas o nèamh,
'S nam bitheadh déidh agam do phàirt riut,
Gheibhinn e a'd'lànachd féin.

Gheibh am bochd 's an deòiridh dìon bhuait,
'S tu fear biadhachaidh an treud,
Air do chluaintean ni thu feurach,
Siabaidh tu bho 'n sùil an deur.

Am Biobull

Thàinig thu air astar buan,
Thar a' chuan á tìr mo ghràidh ;
'S e mo bhràthair a chur thu bhuaith,
'S cha toir duais thu as mo làimh.

Thàinig thu á tìr mo dhùthcha,
Anns a' chainnt rinn ùr do sgeul,
Gàidhlig chùbhraidh tìr an fhraoich,
'S caoimh' leam i na ceòl nan teud.

Tìr nam bodach dheanadh ùrnuigh,
Bheireadh an driùchd a nuas o nèamh,
Bheireadh neart do 'n chuile bhrùite,
'S chuireadh an caol smùid am meud.

'S ann ro aonaranach a bha mi,
Bho nach robh thu làthair leam,
Ach o'n rinn thu tìghinn sàbhailt,
Gleidhidh mi thu ghnàth le mùirn.

Cuiridh mi fàilt ort is furan,
Bheir mi urram dhuit is géill,
Leughaidh mi ri gréin is coinneal,
Cuibhrionn dhiot gu ceann mo réis.

Am Biobull

Thàinig thu gu dùthaich choimheach,
A bheir toibheum dhuit is beum,
Ach ifrinn shios ged dhlùthadh 'na tarruing
Cha téid thairis Focal Dhé.

Ach iarmad bheag tha fathast ann,
Measg gach dath is teang' is treubh ;
Le'n ionmhuinn thu 's nach leig air chall,
Rann air bith tha annad féin.

Dean éifeachdach do theachd a nall,
Tha' m' anam fann a' cuir ort feum,
Dean dìreach dhomh gach nì tha càin,
'S an t-ionad garbh 'na chomhnard réidh.

Thigeadh beannachd leat is buaidh,
'S foillseachadh air luach do sgéil,
Glaodhaidh sean is òg riut suas
Mar an sluagh bha aig an fhéill.

Biodh dubh is buidhe, geal is ruadh,
Deanamh luaidh air Fuil na réit'.
Coimhlion dhuinn do ghealladh buan,
'S glòraicht' bidh an t-Uan d'a réir.

Buaidh Ùrnuighean Màthar.

Leis An Urr. D. MACGILLEATHAIN, an Duneideann, 1915. .

A mhàthair! a mhàthair! a mhàthair mo ghaoil!
Bu nèamhaidh 'ur fiamh is bu tairis bhur n-iùl,
Mi bhi suaire a sheachnadh cuach mheallta an
t-saogh'il,
'S a choisreag feart Éirig gu molaidh t-sior chiùil.

A mhàthair! a mhàthair! a mhàthair mo ghaoil!
B'e tàladh na mara a chuir mi air chuairt,
'Nam ànrach an tìribh mo dheagh rùn a mhaoil,
An eangaich dubh ealta am bailtean ro bhuairt'.

A mhàthair! a mhàthair! a mhàthair mo ghaoil!
Ach dh' éirich mo spiorad ri éiginn mo thìr',
Le cuimhne mo shinns'reachd is dh' imich mi null,
Gu cathachd gu bàis ud an tric bha mi'n ir'.

Buaidh Ùrnuighean Màthar

A mhàthair ! a mhàthair ! a mhàthair mo ghaoil !
A nis tha mi leònta le puinsean is luaidh,
Ag iocadh na feòrling a b' àilleagan sùil',
An claisean na Frainge fad as o mo luaidh.

A mhàthair ! a mhàthair ! a mhàthair mo ghaoil !
Is muime an ùir dhomh am iargainn 'sam chràdh,
Mo léirsinn air ciaradh 's m' fhuil chraobhach air
sgaoil',
'S mi triall as gu m' dhachaidh an dùthaich nan
àgh.

A mhàthair ! a mhàthair ! a mhàthair mo ghaoil !
Is eòlach mi nis air buaidh ùrnuigh nan saoi,
'S mi aoibhneach le saoibhreas as earlas a' mhaoin,
'Gam fheitheamh air teachd dhomh an làthair nan
aoigh.

A mhàthair ! a mhàthair ! a mhàthair mo ghaoil !
Slàn leibh chaoimh mhàthair 's na bithibh a'
caoidh,
Is slàn leibh a màireach 's gu deireadh an
saogh'il,
Nuair chi sinn a chéile an comunn nan naoimh.

Dhé Gleidh An Rìgh.

LAOIDH NA RIOGHACHD.

Eadar-theangaichte * leis an Urr D. MACGILLEATHAIN,
an Dun-Eideann.—1916.

Dhé gleidh an Rìgh ro-chòir,
Beath' bhuan d'ar Rìgh 'na ghlòir,
Dhé, gleidh an Rìgh.

Cuir e am buadhachas,
Buan-ghloir is subhachas,
Riaghladh na dùthcha-sa,
Dhé, gleidh an Rìgh.

Eirich, O Dhia nan sluagh !
Nàimhdean-sa sgap gu luath ;
Leig iad ri làr.
'N tionnsgainn-s' cuir thar a chéile,
'San cuilbheart olc gu léir ;
Orts' tha ar dochas stéidhte,
O ! gleidh sinn slàn.

* Tha an earrann mu dheireadh dhe na laoidhe so bho na Bheulra aig A. E. Lean, F.R.G.S.

Dhé Gleidh An Rìgh

Sàr-rogh' do thiodhlaca,
Deònaich gu fialaidh dha ;
Buan biodh a riaghail.
Ceart-bhreth gu'n dìon e ghnàth ;
Thugadh e daonnan fàth
Dhuinne bhi seinn gu h-àrd
Dhé, gleidh an Rìgh.

An sìth ro-shèamh nach aom,
Cum Thus' ar Banrigh chaomh,
Dhé, gleidh a' Bhanrigh.
Deagh dhealradh glan Do ghnùis
Tog oirre anns gach cùis ;
Éisd guidh Do shluaigh d'a taobh-s',
Dhé, gleidh a' Bhanrigh.

'S e Dia as tearmunn duinn gu beachd,
Ar spionnadh e 's ar treis:
An aimsir carraid agus teinn,
Ar cobhair e ro dheas.
Mar sin ged ghluaist' an talamh tròm,
Cha 'n aobhar eagail duinn:
Ged thilgeadh fòs na sléibhte mòr'
Am builsgein fairg'is tuinn.—*S. xlii. 1-2.*

Fa chùis an uamhais anns an oidhch'
Cha bhi ort geilt no sgàth;
No fòs fa chùis na saighde bhios
A' ruith air feadh an là:
Cha bhi maoin eagail ort roimh 'n phlàigh
Tha triall an dorchadas:
No fòs fa chùis an uile a bhios
Mu mheadhon là ri sgrios.—*S. xci. 5-6.*

Is treise Dia ta chòmhnuidh shuas
Na fuaim nan uisge garbh';
Is treise Dia na sumainnean,
Is tonna cuain gu dearbh.—*S. xcii. 4.*

“**N** UAIR a rinn a' Roinn-Eorp' bagairt a' dheanamh air na h-eileanan so, bhitheadh e 'na mhasladh air treubhantas mic fhoghainteach Bhreatuinn mur a d' éirich iad mar aon duine a' dhìon an dùthaich mhàthaireil. . . .

Oir tha araon ar Rìgh agus ar tìr ro-airidh air cathachadh as an leth, agus cha b' e ach an dubh-ghealtair nach doirteadh fhuil gu toileach air an sgàth. . . .

'N uair tha eud an t-saighdeir 'na theine le gràdh tìr' is teach', cha'n'eil crìochan aig dànachd a spioraid, agus cha'n'eil beart arma ris nach sìn e làmh. . . .

Is fìor rogha òigridh ar duthcha saor-shaighdeirean ar Rìgh, agus cha'n'eil an coimeas an arm tìr air bith. Bu choir “Tìr nam beann 's nan gleann,” bhi na “Tìr nan gaisgeach.” . . .

'S ann le bhi gu cinnteach air taobh Chrìosd bhithear neo-sgàthach anns a' chath. Bitheadh a Cheannard 'na chridhe agus cha bhi crith ann an gàirdean an t-saighdeir. Na bitheadh crùbadh bho'n chòmhrag, oir tha beatha a' Chrìosduidh tèaruint agus tha 'bhuaidh cinnteach. Roimh dha dhol 's a' chath tha bheatha ann an gleidheadh Dhé. Iadsan bheir buaidh troimh an Uan bithidh orra crùn na glòire, agus bithidh slainte naomhachd fhoirfe aca. Dhealaich iad ri 'n dòghruinn anns a' bhuaidh, agus bithidh sonas bith-bhuan 'nan cridheachan agus aoibhneas sìorruidh air an cinn 'n uair a shiubhlas iad a stigh gu fois agus àrd-shonas agus glòir tigh an Athar.”

Dr Ceanaideach

bha'n Inbhir pheofharan.

4

